

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 12 Dùbhlachd 2024 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Clàr-gnothaich – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

- 1.1. Fàilte is Leisgeulan
- 1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean
- 1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

2. Conaltradh

2.1. Buidheann-obrach Gàrr ùine air Cothroman Eaconomach is Sòisealta don Gàidhlig (Airson Deasbad)

PT1: Freagairt Riaghaltas na h-Alba ri Aithisg na Buidhne-obrach
Gèarr-ùine air Cothroman Eaconomach is Sòisealta don Ghàidhlig
Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

2.2. Conaltradh le luchd-ùidh (Airson Fiosrachadh)

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

3. Plana Corporra is Coileanadh

3.1. Aithisg air PCCan Plana Corporra 2023-28 (Airson Deasbad)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiridh Leasachaidh

3.2. Foghlam agus Ionnsachadh (Airson Fiosrachadh)

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlam

4. Rianachd Mhì-chinntean

4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail (Ri Aontachadh)

PT1 Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

5. **Ionmhas**

5.1. Aithisg Ionmhas (Airson Fiosrachadh)

PT1 Aithisg Ionmhas gu 30 Sultain 2024

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

6. **Cùisean Corporra**

6.1. Prògram Choinneamhan 2025/26 (Ri Aontachadh)

PT1 Clàr program choinneamhan 2025/26

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

7. **Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh**

7.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh (Ri Aontachadh)

PT1 Plana Obrach 2024/25

PT2 Plana Obrach 2025/26

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

8. **GISBE**

Ceann-là na h-ath choinneimh: 13/03/2025

Deireadh an t-Seisein

Pàipear 2.1

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	12 Dùbhlachd 2024
Tìotal:	Freagairt Riaghaltas na h-Alba ri Aithisg na Buidhne-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig
Gnìomh a dhìth:	Airson Deasbad
Àireamh pàipear:	2.1
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan taic:	PT1 Freagairt Riaghaltas na h-Alba ri Aithisg na Buidhne-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo a' taisbeanadh freagairt Riaghaltas na h-Alba don aithisg Buidheann-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh air 22 Samhain 2024.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Anns a' Mhàrt 2022, chruthaich Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas agus na h-Eaconamaidh Buidheann-obrach Geàrr-ùine leis an amas a' Ghàidhlig a neartachadh tro chuimse air cothroman eaconamach agus an eaconamaidh a neartachadh le bhith a' dèanamh a' chuid as fheàrr de chothroman Gàidhlig.
- 2.2. Tha e ag amas air cur ris an Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach a tha a' mìneachadh amas na h-Alba gum bi i air aon de na h-eaconamaidhean as soirbheachaile san t-saoghal agus a' dèanamh cinnteach gu bheil Alba air fad a' faighinn buannachd bho thasgadh ann an sgilean agus gnìomhachasan an ama ri teachd.
- 2.3. Chaidh molaidhean na buidhne-obrach a chur còmhla anns na roinnean a leanas:
 - Sluagh agus Bun-structair
 - Roinn Phoblach agus Planaichean Gàidhlig
 - Coimhearsnachdan
 - Foghlam
 - Prìomh roinnean
- 2.4. Bha Bòrd na Gàidhlig an sàs gu gnìomhach sa Bhuidhinn-obrach agus chuir sinn fàilte air na molaidhean aca.

3. Moladh

- 3.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near don fhreagairt bho Riaghaltas na h-Alba

4. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buaidhean air Ionmhas: Tha an fhreagairt a' toirt iomradh air maoin eachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.
Buaidhean air Luchd-obrach: Chan eil.
- 4.2. Buaidhean air Trèanadh: Chan eil.
- 4.3. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Chan eil.
- 4.4. Buaidhean air Cliù: Chan eil.
- 4.5. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil.
- 4.6. Buaidhean air Laghail: Chan eil.
- 4.7. Buaidhean air Co-ionannachd: Chan eil.
- 4.8. Buaidhean air an Àrainneachd: Chan eil.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			
<input type="checkbox"/>			

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Air aontachadh leis an Sgioba-stiùiridh air 29 Samhain 2024.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Freagairt Riaghaltas na h-Alba ri Aithisg na Buidhne-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig

Facal-toisich bhon Mhinistear

Chaidh an aithisg aig a' Bhuidhinn-obrach Gheàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig a bharantachadh fon Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh (RNCE). Tha an ro-innleachd sin a' cur an cèill lèirsinn airson mar a bheirear leasachadh air eaconamaidh na h-Alba – lèirsinn sa bheil math dhaoine agus math a' chomainn-shòisealta aig cridhe a' phrògram aig Riaghaltas na h-Alba airson fàs a thoirt air an eaconamaidh. San aithisg aca, tha a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine a' toirt tuairisgeul air an àite a th' aig a' Ghàidhlig san lèirsinn sin. 'S e a tha mar bhunait dha na tha iad a' moladh gu bheil a' Ghàidhlig na stòras luachmhor do dh'eaconamaidh na h-Alba agus gu bheil poileasaidhean eaconamach na h-Alba fìor chudromach do ar coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta agus mar a shoirbhicheas leotha. Mar phàirt de sin, tha puing nas fharsainge aca, 's e sin cho cudromach 's a tha eugsamhlachd chànanan do mhath a' chomainn-shòisealta agus leas na h-eaconamaidh.

Thug iad dealbh drùidhteach dhuinn air mar a ghabhas adhartas a dhèanamh airson na Gàidhlig. Tha na molaidhean aca a' togail air an adhartas a rinneadh airson a' chànan thar a' ghinealaich mu dheireadh – tro stèidheachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig; leasachaidhean coimhearsnachd Gàidhlig; an leudachadh a thàinig air craoladh na Gàidhlig; agus mar a chaidh planadh cànan na Gàidhlig a chur an sàs an lùib poileasaidhean is bhuidhnean poblach. Tha an aithisg a' sealltainn mar a tha an t-adhartas seo air a bhith gu buannachd nan coimhearsnachdan air a bheilear a' cur prìomhachas san aithisg seo – agus tha na buannachdan sin air a bhith rim faicinn air feadh comann-sòisealta na h-Alba, agus sin gu math follaiseach bho mar a tha a' Ghàidhlig air a dhol am meud ann am bailtean-mòra na h-Alba. Tha e mar uallach air Riaghaltas na h-Alba agus ar luchd-ùidhe dèanamh cinnteach gun lean an t-adhartas seo. Cuideachd, 's e dùbhlain a th' ann dhuinn dèanamh cinnteach gun soirbhich leis a' Ghàidhlig sna roinnean ùra a chomharraich a' Bhuidheann – leithid cùram slàinte is sòisealta no tionnsgalachd – agus gun dèiligear ri cùisean eaconamach nas fharsainge – leithid còmhdhail, taigheadas is a' gleidheadh an t-sluaigh – nithean a bhios a' lagachadh choimhearsnachdan Gàidhlig.

Chaidh coimisean a thoirt dhan Bhuidhinn mar phàirt dhen amas aig RNCE gus taic a chur ri tarbhachd roinneil. Chomharraich na buill aca pàirtean sònraichte de dh'larthuath na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan a tha, a rèir nam briathran aca fhèin, nam Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig. 'S iad sin Na h-Eileanan Siar agus An t-Eilean Sgitheanach agus sgìrean ann an Loch Aillse, Tiriodh, Ìle agus Diùra – àiteachan far an deach a chlàradh ann an Cunntas-sluaigh 2011 gun robh comasan Gàidhlig aig co-dhiù 20% dhen t-sluaigh. Bho chaidh an aithisg fhoillseachadh, thàinig na figearan airson cunntas-sluaigh 2022 a-mach. Tha na h-àireamhan ùra sin a' sealltainn gun deach an àireamh de dhaoine le comasan Gàidhlig an àird – naidheachd mhath gun teagamh. Ge-tà, dhearbhadh iad cuideachd gu bheil an cànan fhathast a' crìonadh ann an sgìrean dùthchail is eileanach, àiteachan far am faodar a ràdh gu bheil Gàidhlig fhathast na cànan susbainteach a tha ga bruidhinn aig gach ìre dhen choimhearsnachd. Sna h-àiteachan far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn air feadh na coimhearsnachd, bidh na h-aon dùbhlain ron chànan 's a tha ron choimhearsnachd fhèin. Tha Riaghaltas na h-Alba moiteil às mar a tha sinn a' moladh iomairt nàiseanta airson na Gàidhlig stèidhichte air a' phrionnsapal gum buin

an cànan dhan a h-uile duine againn. Ach tha e soilleir gum feum sinne agus ar luchd-ùidhe làn ealla a ghabhail ri cùisean sòisealta agus eaconamach an lùib ath-bheothachadh a' chànain nuair a bhios sinn a' cur phoileasaidhean Gàidhlig an sàs sna coimhearsnachdan a chaidh a chomharrachadh san aithisg seo. Tha am fiosrachadh agus na molaidhean aig a' Bhuidhinn-obrach Gheàrr-ùine a' toirt stiùireadh cudromach dhuinn air an obair a tha romhainn. 'S iad molaidhean na h-aithisge seo agus Bile nan Cànan Albannach an dà phrìomh cheum a tha sinn a' gabhail an-dràsta a thaobh phoileasaidhean na Gàidhlig.

Bha luach is buaidh na Gàidhlig ro fhollaiseach ann an saoghal nàiseanta na h-Alba fada mus do thòisich na leasachaidhean a thaobh ath-bheothachadh na Gàidhlig a chithear nar latha fhèin – leasachaidhean a thòisich leis na ciad chothroman air foghlam tron Ghàidhlig ann an 1985. Tha siostam ath-leasachaidh an fhearainn agus an siostam airson stòrasan is fearann a bhith fo rian na coimhearsnachd a chithear san latha an-diugh air tighinn gu bith mar thoradh air Strì an Fhearainn air a' Ghàidhealtachd aig deireadh an 19mh linn agus air prìomh bhuil na h-iomairt sin, Achd Gabhaltasan nan Croitearan (Alba) 1886. Mar sin, tha iomairt chroitearan – a chuir lèirsinn phoilitigeach air adhart stèidhichte air prionnsapalan Gàidhlig airson chòraichean is uallaichean fearainn – air cuideachadh le bhith a' cur ri beairteas na h-Alba san 21mh linn – an dà chuid tro neart eaconamach a thàinig bho urrasan oighreachd ann an sgìrean dùthchail na h-Alba agus tron obair a bhios buidhnean coimhearsnachd a' dèanamh gus meadhan bhailtean is bhailtean-mòra na h-Alba ath-nuadhachadh. Ginealach às dèidh sin, nuair a chaidh Seirbheis Mheidigeach na Gàidhealtachd is nan Eilean a chur air chois ann an 1913, chaidh prògram cùraim shlàinte farsaing a chur air bhonn gus frithealadh air feumalachdan sònraichte ceann a tuath na h-Alba. Chaidh sin a chleachdadh airson stiùir a thoirt dhan obair gus an NHS a stèidheachadh ann an 1948 – agus sin ga dhèanamh soilleir gum faodadh seirbheis a chaidh a dhealbh airson frithealadh air feumalachdan sònraichte Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba a bhith gu math feumail dhan obair gus aon de ar prìomh sheirbheisean poblach a stèidheachadh. Tha am prionnsapal a tha an dà eisimpleir seo a' dearbhadh a' tighinn am follais a-rithist agus a-rithist an lùib nan iomairtean Gàidhlig a dh'ainmich a' Bhuidheann. Aig àm nuair a tha daoine nas tuigsich air cùisean cànan, agus nuair a thathar a' faicinn gu bheil buannachdan mòra a' tighinn bho eugsamhlachd chànanan, tha e doirbh fhaicinn ciamar as urrainnear a dhol as àicheadh gu bheil taic dhan Ghàidhlig is do choimhearsnachdan Gàidhlig a' dèanamh feum gu nàiseanta.

Chleachd a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine na faclan a leanas le Calum is Ruaraidh Dòmhnallach bho Runrig mar fhaclan-toisich dhan aithisg aca:

'Is ged a dh'fheuch iad ri cur às dhuinn
Chì mo theaghlach cnoc nan linn
Is ged tha ar cànan leòint le strì
'San tìr seo bidh i beò'

Tha na faclan seo bhon òran a' toirt fianais dhuinn air mar a tha daoine a' faireachdainn gun robh na Gàidheil is an cànan aca a' fulang tro na linntean ri linn mì-rùn is mì-ghnìomh – ach thathar cuideachd ag ràdh gu bheil moiteil às mar a tha an cànan is na coimhearsnachdan air maireachdainn agus gun urrainnear tagradh a dhèanamh feuch an toir daoine feart orra agus gun cuir daoine sùim annta

ann an comann-sòisealta nas fhosgailte nar linn fhìn. Bhon t-sealladh fìor Ghàidhealach seo, faodaidh sinn prionnsapal coitcheann a chomharrachadh a tha a' cur taic ri cinn-uidhe an riaghaltais seo: luach a chur ann an comann-sòisealta eugsamhail Albannach sam faighear diofar choimhearsnachdan is chultaran a tha a' cur ri beairteas nàiseanta na dùthcha. Tha e air leth iomchaidh gu bheil sgrùdadh air coimhearsnachdan Gàidhlig a' toirt dearbhadh dhuinn air a' phrionnsapal sin.

Ceit Fhoirbeis BPA

Leas-Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh agus na Gàidhlig

Sluagh is Bun-structair

3.1.1 Mar amas èiginneach, thèid dèiligeadh ri dùbhlain bun-structair – taigheadas, còmhdhail is ceanglaichean didseatach – a lagaicheas ‘an cothrom gus tòiseachadh air stèidh cho-ionann’ airson amasan NSET.

Tha Riaghaltas na h-Alba a’ gabhail ris a’ mholadh seo.

Tha trì sgrìobhainnean ro-innleachdail aig Riaghaltas na h-Alba a tha iad a’ cleachdadh gus dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri taigheadas, còmhdhail agus ceanglaichean didseatach, raointean a chaidh a chomharrachadh sa mholadh seo: Taigheadas gu ruige 2040, An Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta agus Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba. Leis a’ Phlana Choileanaidh Dhùthchail a bhios Ministearan na h-Alba a’ foillseachadh an ceann ùine, gheibhear cothrom eile gus beachdachadh air builean airson choimhearsnachdan Gàidhlig mar phàirt de na bhios an riaghaltas a’ dèanamh airson sgìrean dùthchail is eileanach na h-Alba san fharsaingeachd.

Taigheadas

‘S e ‘Taigheadas gu ruige 2040’ an ro-innleachd taigheadais nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba. Tha e mar phrìomh amas dhan ro-innleachd sin 110,000 taigh ùr a thogail air feadh Alba a bhios ri fhaotainn aig prìs reusanta – agus bidh 10% dhiubh sin ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Chithear fiosrachadh air mar a thèid an t-amas mu dheireadh sin a choileanadh ann am Plana Gnìomh Riaghaltas na h-Alba airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach. Chaidh gnìomhan a’ phlana sin a dhealbhadh ann an co-bhuinn ris na buidhnean a chaidh a chomharrachadh gus am moladh seo a chur an sàs.

Sa Phlana Ghnìomh thathar a’ beachdachadh air ceithir dòighean gus dèiligeadh ris an iarrtas a gheibhear airson taigheadas ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Sa phlana thathar a’ gabhail ris gu bheil feum air barrachd taigheadais sàr-mhath aig prìs reusanta. Feumar feum nas fheàrr a dhèanamh dhen taigheadas a th’ ann mu thràth. Bheirear barrachd taice do leasachaidhean taigheadais a tha fo stiùir choimhearsnachdan – agus an seòrsa leasachaidhean sin a’ dèanamh diofar mòr mu thràth sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chomharraich an Aithisg. Mu dheireadh, thèid coimhead air taigheadas ann an co-theacsa na h-eaconamaidh ionadail agus an eaconamaidh sin a’ toirt uiread buaidhe air taigheadas. Thathar a’ beachdachadh air gnìomhan fa leth bhon Phlana Ghnìomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach ann am barrachd doimhneachd mu choinneimh nam molaidhean gu h-ìosal.

Cuideachd, tha e na amas dhan Phlana Ghnìomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach dèiligeadh ris an neo-ionannachd a gheibhear a thaobh cheanglaichean didseatach. Tron phlana, nì Riaghaltas na h-Alba measadh air na goireasan gigabit a th’ aig luchd-solair agus air na tha iad an dùil a thogail. Mar phàirt de sin iarrar beachdan bho luchd-ùidhe san fharsaingeachd – leithid dhaoine a tha a’ riochdachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus nam Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chomharraich a’ Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine. Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gu dlùth còmhla ri A’ Cur ri Goireasan Didseatach

na RA fhad 's a tha iad ag ullachadh gus na ciad chùmhnanntan solarachaidh a thairgsinn an lùib a' Phròiseict Gigabit ann an Alba. Thèid co-chomhairleachadh a chumail a thaobh a bhith a' fàgail dleastanas air luchd-leasachaidh gus ceanglaichean didseatach sàr-mhath a chur air dòigh anns gach leasachadh taigheadais ùr. Bithear a' brosnachadh dhaoine a tha a' fuireach sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig bhon Aithisg a bhith a' gabhail pàirt sa cho-chomhairleachadh seo agus iarrar beachdan bho luchd-ùidhe na Gàidhlig.

Còmhdhail

Tha e mar amas do Riaghaltas na h-Alba seirbheisean aiseig a ghleidheadh agus a leasachadh, seirbheisean a tha glè chudromach do leasachaidhean eaconamach, sòisealta agus cultarach ann an coimhearsnachdan sna h-eileanan, sna leth-eileanan agus air tìr-mòr. Ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean (PCE) san Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta, gheibhear fiosrachadh air mar a thèid seirbheisean aiseig, le taic bho mhodhan-còmhdhail eile, a thoirt seachad agus a neartachadh, mar phàirt de bhith a' toirt ar lèirsinn gu buil airson na h-ùine-fada.

Chaidh dreachd de na h-Amasan Ro-innleachdail airson PCE agus Plana Shoithichean is Phort ùraichte fhoillseachadh airson co-chomhairleachadh poblach, agus rinneadh co-chonaltradh coimhearsnachd, eadar 1 Gearran is 6 Cèitean 2024. Sna h-Amasan Ro-innleachdail thathar a' cur an cèill lèirsinn gum bi seirbheisean aiseig na h-Alba – le taic bho sheirbheisean còmhdhail eile leithid sheirbheisean adhair agus ceanglaichean stèidhichte – sàbhailte, earbsach, rim faotainn aig prìs reusanta agus freagarrach airson luchd-còmhnaidh, ghnothachasan agus luchd-tadhail agus iad a' cur taic ri ceanglaichean, seasmhachd agus fàs ann an coimhearsnachdan sna h-eileanan agus sna leth-eileanan. Tha ceithir prìomhachasan mar bhunait dhan lèirsinn seo – earbsach is daingeann, cothrom orra gun bhacadh, eadar-cheangailte agus nas lugha carboin.

Sa Phlana Shoithichean is Phort ùraichte, gheibhear plana fad-ùine, gu 2045, airson na dh'fheumar a chosg, a rèir mheasaidhean, air soithichean is puirt gus dèiligeadh ris na prìomh dhùbhlain co-cheangailte ri earbsachd is daingneachd Sheirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall, agus Sheirbheisean Aiseig nan Eilean Mu Thuath, agus 's ann aig Riaghaltas na h-Alba a tha an t-uallach airson nan seirbheisean sin. 'S iad na prìomh dhòighean san tèid seo a choileanadh: ùrachadh air a' bhun-structair a th' ann agus a' togail aiseagan ùra, èifeachdach is seasmhach airson a dhol an àite nan seann bhàtaichean.

Chaidh toraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich agus a' cho-chonaltraidh choimhearsnachd air an dà phàipear [fhoillseachadh](#) san Lùnastal 2024, agus thèid tionndaidhean deireannach de na h-Amasan Ro-innleachdail agus dhen Phlana Shoithichean is Phort fhoillseachadh faisg air deireadh 2024.

Ceanglaichean didseatach

Tha am prògram A' Ruighinn air 100% (R100) aig Riaghaltas na h-Alba a' stèidheachadh bun-structair banna-leathainn a bhios freagarrach airson an ama ri teachd agus a chuireas taic ri fàs san eaconamaidh agus a bheir cothroman eaconamach ùra do choimhearsnachdan air feadh Alba. Tha am prògram air 49,000

ceangal a stèidheachadh mu thràth le 16 càballan snàithlich optaigeach ùra fon mhuir, a tha air ceanglaichean a thogail ri 15 eileanan Albannach. Tha an iomairt R100 a' dol air adhart aig astar nach mall agus thathar an dùil gun tèid an uidheamachd a thogail agus gun dèanar cinnteach gum bi ceangal ann ris gach togalach a tha mar phàirt dhen chùmhnannt airson 2028. Tha mu 70% dhe na 114,000 togalach ris a bheilear an dùil ceangal a thogail fo chùmhnanntan R100 ann an sgìrean dùthchail na h-Alba, agus 12,000 dhiubh sin ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha fios aig Riaghaltas na h-Alba gu bheil seo mar bhunait ro-chudromach do dh'eaconamaidh uaine a tha a' fàs, agus mar sin tha iad air prìomhachas a chur air taic-airgid do cheanglaichean didseatach ann am buidseat 2024-25.

Tha Riaghaltas na RA air targaid a stèidheachadh: dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig 85% de thoglaichean air feadh na RA air bann-leathann le ceangal gigabit ro dheireadh 2025, agus tha targaid eile aca gum faighear cothrom air sin air feadh na dùthcha ro dheireadh 2030. Canar am Pròiseact Gigabit ri seo. Tha dleastanasan cudromach air Riaghaltas na h-Alba an lùib na h-obrach gus am Pròiseact Gigabit a chur an sàs ann an Alba agus tha iad ag obair gu dlùth còmhla ri Riaghaltas na RA airson dèanamh cinnteach gum faigh Alba cuibhreann iomchaidh dhen mhaoineachadh airson a' Phròiseict Gigabit.

Chuir gnothachas ann an Griomasaigh fàilte air càball snàithlich a chaidh a cheangal ris an togalach aca mar thoradh air Prògram Banna-leathainn Fìor Luath airson Alba Dhidseatach, agus thuirt iad gun tug sin buaidh anabarrach mòr air cùisean sòisealta agus eaconamach dhaibh, agus bha iad dhen bheachd gum bi gnothachas nas seasmaiche aca ri linn an teicneòlais.

Cuideachd, tha e na amas dhan Phlana Ghnìomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach dèiligeadh ris an neo-ionannachd a gheibhear a thaobh cheanglaichean didseatach. Tron phlana, nì Riaghaltas na h-Alba measadh air na goireasan gigabit a th' aig luchd-solair agus air a tha iad an dùil a thogail. Mar phàirt de sin iarrar beachdan bho luchd-ùidhe san fharsaingeachd – leithid dhaoine a tha a' riochdachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus nam Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chomharraich a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine. Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gu dlùth còmhla ri A' Cur ri Goireasan Didseatach na RA fhad 's a tha iad ag ullachadh gus na ciad chùmhnanntan solarachaidh a thairgsinn an lùib Pròiseact Gigabit ann an Alba. Thèid co-chomhairleachadh a chumail a thaobh a bhith a' fàgail dleastanas air luchd-leasachaidh gus ceanglaichean didseatach sàrmhath a chur air dòigh anns gach leasachadh taigheadais ùr. Bithear a' brosnachadh dhaoine a tha a' fuireach sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig bhon Aithisg a bhith a' gabhail pàirt sa cho-chomhairleachadh seo agus iarrar beachdan bho luchd-ùidhe na Gàidhlig.

3.1.2 Beachdaichidh Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean air a' bhuidheann mhi-chothromaich a dh'fhaodas gainnead taigheadais aig prìs reusanta a thoirt air coimhearsnachdan Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gum bi poileasaidhean nas sùbailte ann is gun tèid taigheadas a thoirt seachad nas luaithe.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (CGE) mar mheadhan freagarrach gus beachdachadh air na cùisean seo agus bidh buill a' cur chùisean buntainneach ris a' chlàr-ghnothaich aca gus bruidhinn mun deidhinn. Tha Bòrd na Gàidhlig nam ball de CGE agus bidh iad a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan Gàidhlig.

Nì sinn ùrachadh air an stiùireadh airson Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail agus nuair a nì sinn sin bheir sinn sùil air mar a ghabhas iarraidh air ùghdarrasan ionadail beachdachadh air mar as urrainn do dhachaighean ùra cuideachadh le bhith a' cumail taic ri cultar – cho math ri cùisean sòisealta is eaconamach – ann an coimhearsnachdan agus sin a' togail air na prionnsapalan a tha stèidhichte air àiteachan.

3.1.3 Bu chòir amasan Tionnsgalachd NSET a bhith air an leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig gus taic a thoirt do luchd-tionnsgail Gàidhlig le taic bhrosnachaidh a bharrachd is taic airson ghnòthachasan a th' air ùr-thòiseachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha e na phrìomhachas eaconamach againn a bhith a' toirt taic do dhaoine gus gnòthachasan a thòiseachadh agus a leasachadh agus tha sinn ag obair gu dlùth còmhla ris a' Phrìomh Neach-tionnsgail gus ro-innleachd a chur an sàs gus am bi eaconamaidh aig Alba a tha a' dol am meud gu luath agus a tha math airson gnòthachasan ùra a thòiseachadh.

Obraichidh sinn còmhla ris na prògraman is iomairtean a th' ann mu thràth, leithid an Leasaiche-teicneòlais, Am Fosglan Gnothachais agus ùghdarrasan ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' gabhail làn-ealla ri feumalachdan luchd-tionnsgail Gàidhlig an lùib sheirbheisean agus nuair a thathar a' cur ionmhas an seilbh agus a' cur ris an eag-shiostam ghnòthachais. Mar phàirt de sin bithear a' sireadh comhairle bhon Phrìomh Neach-tionnsgail.

3.1.4 Thèid coimhead air 'sgeama cothrom ceart' saor-thoileach airson a bhith a' reic thaighean, far a bheilear a' toirt cuireadh do bhuidhnean iomchaidh obrachadh le buidhnean-reic thaighean gus an gabh taigheadas a thoirt seachad a rèir feum.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Beachdaichidh CGE air a' mholadh seo còmhla ri buidhnean buntainneach.

3.1.5 Thèid sgeama a chruthachadh gus taic a chur ri seasmhachd Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig tro bhith a' tabhann ghrantaichean a nì e comasach do dhaoine air tuarastal iosal no meadhanach sealbh fhaighinn air an dachaigh aca fhèin – an dàrna cuid le bhith a' faighinn sealbh air làrach airson togail no le bhith a' ceannach is a' leasachadh àite a th' ann mu thràth gus a chleachdadh mar an aon àite-còmhnaidh aca. 'S dòcha gum b' urrainnear seo a dhèanamh tro bhith a' dèanamh feum eadar-dhealaichte de phrògraman a tha mu thràth aig na Maoinean Taigheadais Dùthchail is Eileanach.

Chan eil Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Sa Phlana Ghniomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach, thathar a' sealltainn gu bheil diofar dhòighean ann mu thràth fo Phrògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta airson taic a thoirt do dhaoine gus sealbh fhaighinn air dachaigh air feadh sgìrean dùthchail is eileanach. Tha Riaghaltas na h-Alba a' tabhann taic, a thaobh a bhith a' faighinn sealbh air dachaigh aig prìs reusanta, do dhaoine a tha a' ceannach dachaigh airson a' chiad uair agus daoine air a bheil prìomhachas nach b' urrainn dachaigh a cheannach sa mhargaidh fhosgailte mura b' e an taic sin, tro ar sgeamaichean aig an Iomairt Beag-chosgais airson Daoine a tha Ceannach airson a' Chiad Uair: Sgeama Co-sheilbh airson na Margaidh Fosgailte agus Sgeama Co-sheilbh airson Taigheadas Ùr. A thuilleadh air an Sgeama Co-sheilbh airson na Margaidh Fosgailte, a tha mar as trice a' toirt taic do dhaoine gus dachaigh a th' ann mu thràth a cheannach, tha sgeamaichean eile a' cur ris an àireimh de dhachaighean ùra a th' ann, sgeamaichean leithid an Sgeama Co-sheilbh airson Taigheadas Ùr, a' Mhaoin Iasadan airson Dachaigh a Thogail, a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach agus Taic Chom-pàirteach airson Ath-nuadhachadh.

Ge-tà, tha sinn a' tuigsinn gum faod e a bhith gu sònraichte doirbh sealbh fhaighinn air dachaigh ann an cuid a sgìrean dùthchail is eileanach ri linn gainnead taigheadais, iarrtas mòr, agus nithean a bheir buaidh air a' mhargaidh leithid an ìre-rèidh no ìre na h-atmhorachd. Sa Phlana Ghniomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach tha gnìomh ann gus rannsachadh neo-eisimeileach a bharantachadh mar phàirt de sgrùdadh nas fharsainge air sealbh air dachaighean aig prìs reusanta ann an sgìrean dùthchail is eileanach, sgrùdadh a nithear nuair a thèid crìoch a chur air ath-sgrùdadh air Prògram an Taigheadais aig Prìs Reusanta. San rannsachadh neo-eisimeileach sin dh'fhaodte beachdachadh air a' bhuidh shònraichte a th' aig cùisean co-cheangailte ri sealbh air dachaighean air na Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig air a bheil iomradh san aithisg.

Cuideachd, thèid na ceanglaichean obrach eadar Maoin Fearainn na h-Alba agus a' Mhaoin airson Taigheadas Dùthchail is Eileanach a neartachadh airson dèanamh cinnteach gum bi na co-dhùnaidhean a nì iad a' frithealadh gu ìre nas fheàrr air feumalachdan choimhearsnachdan dùthchail is eileanach.

3.1.6 Ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, bu chòir do luchd-seilbh fearainn mìneachadh is sealltainn mar a tha iad a' cur taic ris a' chànan anns na h-aithrisean aca air Còraichean is Dleastanasan Fearainn, agus iad gu h-àraid a' toirt fianais air iomairtean is taic do phròiseactan a tha a' libhrigeadh bhuilean sòisealta is eaconamach dhan Ghàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo gu ìre.

Bheir sinn taic do dh'iomairtean agus pròiseactan aig luchd-seilbh fearainn às an tig builean eaconamach is sòisealta dhan Ghàidhlig. 'S ann air Ministearan na h-Alba a tha an dleastanas ann an Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, agus feumaidh iad Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn (ACDF) fhoillseachadh agus ath-sgrùdadh a dhèanamh oirre gach còig bliadhna. Chan fheum luchd-seilbh fearainn ACDF ullachadh. Ged a thathar gam brosnachadh gu bhith a'

beachdachadh air an aithris nuair a nì iad co-dhùnaidhean co-cheangailte ri fearann, tha e an urra riutha fhèin co-dhiù a nì no nach dèan iad sin agus chan eil e riatanach an-dràsta gun cùm daoine ris an ACDF.

Tha Earrainn 10 de Bhile nan Cànan Albannach, a thugadh a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 30 Samhain 2023, a' toirt atharrachadh air Achd 2016 le bhith a' cur "don mhiann a tha ann airson a bhith a' cur air adhart, a' cuideachadh leis agus a' toirt taic don Ghàidhlig" ris an liosta de chùisean dham feum Ministearan na h-Alba feart a thoirt nuair a dh'ullaicheas iad an aithris.

San ACDF a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2022, thathar a' toirt iomradh air mar a bu chòir farsaingeachd de bhuannachdan sòisealta, eaconamach, cultarach agus a thaobh na h-àrainneachd tighinn bho mar a bhios sealbh aig daoine air, mar a stiùireas iad agus mar a chleachdas iad fearann, agus sna notaichean comhairleachaidh airson na h-aithris thathar ag ràdh "Tha ceanglaichean cultarach làidir againn ris an fhearann ann an Alba tro ar cànanan agus ar n-eachdraidh agus bu chòir do dhaoine a nì co-dhùnaidhean a thaobh fearann a bhith mothachail orra sin." Nuair a nithear an ath ath-sgrùdadh reachdail air an ACDF, thèid ealla a ghabhail ris an atharrachadh a tha Bile nan Cànan Albannach a' toirt air Achd 2016.

3.1.7 Bu chòir gum bi gu leòr thaighean rim faighinn aig prìs reusanta. A thuilleadh air seo bidh ro-innleachd shoilleir ann a nì cinnteach gu bheil sluagh air a ghlèidheadh agus gu bheil slatan-tomhais ann airson taighean a thoirt seachad, 's e na amas cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh is cothroman air a' chànan a chruthachadh ann an coimhearsnachdan le àireamh nach beag de luchd-labhairt, is a' mhòr-chuid dhiubh sin sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha e mar dhleastanas reachdail air ùghdarrasan ionadail, tron Ro-innleachd Taigheadais Ionadail (RTI) aca agus tron Phlana Leasachaidh Ionadail aca, dearbhadh dè na th' ann de thaigheadas a tha dhìth san sgìre aca, agus iad a' gabhail ealla ri Measadh air na tha a Dhìth agus air an Iarrtas a thaobh Taigheadas. Tha e mar dhleastanas laghail air a h-uile ùghdarras ionadail ann an Alba Ro-innleachd Taigheadais Ionadail ullachadh – agus Measadh air na tha a Dhìth agus air an Iarrtas a thaobh Taigheadas (MDIT) a dhèanamh mar thaic dhi – anns am bithear a' sealltainn na ro-innleachd, nam prìomhachasan is nam planaichean aca agus taigheadas is seirbheisean co-cheangailte ris a stèidheachadh. Faodaidh ùghdarrasan taigheadais is planaich fiosrachadh eile a chleachdadh sa Mheasadh aca air na tha a Dhìth agus air an Iarrtas a thaobh Taigheadas, leithid dàta dearbhte a bharrachd is toraidhean rannsachaidh nuair a tha sin aca. Sa Mheasadh air na tha a Dhìth agus air an Iarrtas a thaobh Taigheadas, chithear fiosrachadh mu fheumalachdan taigheadais thar na h-ùine fada, leithid cia mheud dachaigh ùr a bhios a dhìth agus pàtran an a tha follaiseach a thaobh phrìsean thaighean is seòrsaichean gabhaltais.

Nì sinn ùrachadh air an stiùireadh airson Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail agus nuair a nì sinn sin bheir sinn sùil air mar a ghabhas iarraidh air ùghdarrasan ionadail beachdachadh air mar as urrainn do dhachaidhean ùra cuideachadh le bhith a' cumail taic ri cultar – cho math ri cùisean sòisealta is eaconamach – ann an

coimhearsnachdan agus sin a' togail air na prionnsapalan a tha stèidhichte air àiteachan.

Tha am [Plana Gnìomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaigh](#) (PGDC) aig Riaghaltas na h-Alba a' co-fhreagairt air a' Phlana Ghnìomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach agus tha gnìomhan ann gus cuideachadh le bhith a' gleidheadh sluagh. Tha gnìomhan sa PhGDC a tha a' buntainn gu sònraichte ris na Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig bhon Aithisg. Cuideachd, tha gnìomhan ann airson Maoin gus Dèiligeadh ri Call-sluaigh a stèidheachadh agus Measadh Buidhe air Àireamh an t-Sluaigh a dhealbh a nì cinnteach gun tèid ealla cheart a ghabhail ris a' bhuidhe a bheirear air àireamh an t-sluaigh an lùib phoileasaidhean poblach.

3.1.8 Le bhith ag aithneachadh neartan cultarail brìgheil na sgìre, Gàidhlig nam measg, bu chòir do Chom-pàirteachas Roinneil Eaconamach na Gàidhealtachd is nan Eilean plana sòiseo-eaconamach sònraichte a dhealbh a tha stèidhichte air a bhith a' toirt taic do is fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig.

Chaidh Com-pàirteachas Roinneil Eaconamach na Gàidhealtachd is nan Eilean (CREGE) a stèidheachadh gus co-obrachadh a bhrosnachadh eadar daoine a thaobh chothroman is dùbhlain eaconamach na roinne. Am measg nam prìomh cheann-uidhe a bh' aca bha ceann-uidhe gus ro-innleachd roinneil eaconamach a chruthachadh – agus tha a' chiad ro-innleachd 10-bliadhna aca gu bhith air a h-ullachadh a dh'aithghearr agus thathar an dùil aonta a chur rithe air an ath mhìos agus gun cuir na buidhnean com-pàirteach aonta foirmeil rithe ro dheireadh na bliadhna. Tha moladh na Buidhne-obrach Geàrr-ùine a' gabhail a-steach barrachd na tha ann an raon-ùghdarras agus sgìre CREGE; ge-tà, san dreachd de Ro-innleachd Roinneil Eaconamach na Gàidhealtachd is nan Eilean, thathar a' gabhail ris gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach de chultar is dualchas na roinne agus gu bheil cothroman sònraichte ann leis a' chànan. Chaidh prìomh gnìomh a chur ann, “taic a thoirt do choimhearsnachdan le luchd-labhairt na Gàidhlig tro iomairtean gus cothroman sòiseo-eaconamach a chur air adhart agus gus cur ri neart nan coimhearsnachdan sin.” Tha CREGE a' dealbh plana-coileanadh le prìomhachasan a thaobh gnìomhan thar nam bliadhnaichean ri thighinn.

3.1.9 Thèid beachdachadh air 'sgìrean eaconamach Gàidhlig', le lasachadh chìsean a bhios a' gabhail a-steach (ach chan iad seo a-mhàin) lasachadh na cìse luach-leasaichte (VAT) is reataichean do ghnòthachasan a tha an sàs ann an gnìomhan ceangailte ri Gàidhlig no a bheir buaidh nach beag air cùisean Gàidhlig. Dh'fhaodadh iad seo a bhith ceangailte ris a' Ghàidhealtachd oifigeil a thathar am beachd a stèidheachadh no pàirt sam bith de dh'Alba le gnothachas freagarrach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo gu ìre.

Ged a chaidh cuid a chumhachdan co-cheangailte ri cìsean a thiomnadh agus iad fo ùghdarras Pàrlamaid na h-Alba, tha poileasaidhean co-cheangailte ri VAT fhathast glèidhte fo ùghdarras Riaghaltas na RA. Mar sin, chan eil cumhachdan aig Pàrlamaid na h-Alba gus dad a dhèanamh a thaobh seo. Tha Riaghaltas na h-Alba dhen bheachd gum bu chòir làn-chumhachdan VAT a bhith air an tiomnadh do Phàrlamaid na h-Alba gus an gabh co-dhùnaidhean, a bheir buaidh air daoine is gnothachasan ann an Alba, a dhèanamh an seo.

Ged a tha tòrr de na prìomh chumhachdan fhathast glèidhte aig Westminster, tha cumhachdan tiomnaichte aig Pàrlamaid na h-Alba a thaobh chisean a ghabhadh a chur gu feum gus fuasgladh fhaighinn air cuid de na duilgheadasan a thaobh àireamh an t-sluaigh agus bun-structair a chithear sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig agus a chomharraich a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine. Tha cuid a' buntainn ri Cisean Malairt Fearainn is Thoglaichean. Tha cuid eile a' buntainn ri ath-leasachaidhean air Reataichean Gnothachais (RG) gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' dèanamh feum as ùr de làraich a tha falamh no trèigte. Thathar cuideachd a' moladh nam biodh lasachaidhean a bharrachd air RG agus cisean comhairle airson toglaichean ùra a thèid a thogail air làraich a bha falamh o chionn fhada gum brosnachadh sin daoine gu bhith a' dèanamh feum as ùr de làraich. Tha moladh eile ann gus beachdachadh air cumhachd ùr a stèidheachadh leis am b' urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail cumail orra ag iarraidh RG airson toglaichean is làraich a tha air an ùr-thrèigsinn gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' coimhead às an dèidh agus gun a bhith a' leigeil leotha a dhol a dholaidh.

Tha RG a' cur gu mòr ris a' mhaoineachadh airson sheirbheisean poblach tro bhith a' togail còrr is £3 billean gach bliadhna. Nam biodh lasachaidhean-cise eile ann, bheireadh sin lùghdachadh air an teachd-a-steach bho RG agus dh'fheumte beachdachadh air a' bhuidheann a bhiodh aig sin air buidseat an riaghaltais, a thaobh luach an airgid agus air raointean eile a tha feumach air maoinachadh. 'S e dùbhlann a bhiodh ann lasachaidhean air RG a chleachdadh mar mheadhan gus buaidh a thoirt air dòighean-giùlain dhaoine leithid mar a chleachdas daoine Gàidhlig ann an coimhearsnachdan sònraichte. Nam biodh siostam ann far am biodh ceangal ann eadar feartan no dòighean-giùlain dhaoine a tha a' còmhnaidh ann an togalach agus na th' ann de chisean a dh'fheumas iad a phàigheadh, dh'fhaodadh gun toireadh sin atharrachadh mòr air modhan-rianachd RG agus gum fàgadh e uallaichean rianachd a bharrachd air comhairlean. Mar sin, dh'fheumte beachdachadh gu faiceallach air a' bhuidheann a bhiodh aig leithid a chumhachan air an t-siostam airson RG agus air mar a ghabhadh an cur an sàs. A thaobh làraich a tha falamh no trèigte, tha cumhachd aig comhairlean mu thràth gus RG iarraidh fhathast nuair a tha toglaichean no làraich air an ùr-thrèigsinn às dèidh do chumhachdan airson Lasachadh airson Toglaichean is Làraich Fhalamh a bhith air an tiomnadh do dh'ùghdarrasan ionadail air 1 Giblean 2023.

3.1.10 An toiseach, bu chòir beachdachadh air na h-Eileanan Siar is an t-Eilean Sgitheanach airson dòigh-obrach le àrainnean tionnsgalach a' gabhail a-steach Sabhal Mòr Ostaig, UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, is na gnìomhachasan cruthachail am measg feadhainn eile. Dh'fhaodadh ceannas a bhith aig leithid a dh'àrainnean ann a bhith a' sireadh fhuasglaidhean a thaobh mhion-chànanan a dheigheadh a sgaoileadh air feadh an t-saoghail is a chur an sàs ann an àitichean eile gus barrachd co-obrachaidh a bhrosnachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (UHI) air gabhail ris na molaidhean bhon Bhun-stiùireadh airson Àrainnean Tionnsgalach (BAT) agus tha iad air plana 3-bliadhna a dhealbhadh gus cur ris na toraidhean tionnsgalach agus a' ghnìomhachd eaconamach a thig bho shaothair nan diofar àrainnean aca. Tha sinn fhathast a' cur

ar làn-thaic ri molaidhean BAT agus tha sinn a' cur fàilte mhòr air na tha UHI is càch a' dèanamh gus fàs a thoirt air raointean sòiseo-eaconamach is cultarach aig ìre roinneil is nàiseanta le bhith a' cur bheachdan co-cheangailte ri Àrainnean Tionnsgalach an sàs.

Tha cliù eadar-nàiseanta aig Sabhal Mòr Ostaig mar ionad-foghlaim mion-chànain – agus iad a' tairgsinn cheuman ann an diofar chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig agus a' cur ris an tuigse is ris an eòlas a th' againn air planadh cànan. Mar a thathar ag ràdh san aithisg, tha a' bhuidhe a tha Sabhal Mòr Ostaig air a thoirt air sgìre Shlèite bho chaidh a stèidheachadh ann an 1973 a' toirt sàr eisimpleir dhuinn air mar a dh'fhaodas iomairt chànain a bhith na meadhan gus ath-nuadhachadh a thoirt an eaconamaidh. Cuideachd, tha toraidhean cunntas-sluaigh na bliadhna sa a' sealltainn na buaidhe a thug seo air cleachdadh na Gàidhlig gu h-ionadail. Tha toraidhean a' chunntais-shluaigh airson Slèite a' sealltainn gu bheil ìrean airson cleachdadh na Gàidhlig a' dol suas fhad 's a tha na h-aoisean a' fàs nas òige – bho 35% airson daoine 65+ gu 80% airson 3-15 bliadhna a dh'aois. Tha na toraidhean seo a' toirt dearbhadh soilleir dhuinn air a' bhuidhe a dh'fhaodas ionad buadhach Gàidhlig, air stèidh eaconamach làidir, a thoirt air ath-bheothachadh a' chànain aig ìre ionadail.

Le UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall – ionad a chaidh a stèidheachadh le bhith a' cur trì colaistean fa leth bhon Ghàidhealtachd is na h-Eileanan còmhla – tha eisimpleir eile againn air mar a ghabhas dòighean-obrach ùr-ghnàthach a chur an sàs gus frithealadh air suidheachaidhean ionadail choimhearsnachdan mion-chànain. Cuideachd, tha seirbheisean eile a thathar a' toirt seachad a thaobh na Gàidhlig, leithid eSgoil aig Comhairle nan Eilean Siar, a' buntainn ris a' mholadh seo.

Tha na buidhnean eile a chaidh ainmeachadh mu choinneimh a' mholaidh seo cuideachd a' toirt dearbhadh dhuinn air iomairtean soirbheachail Gàidhlig a tha air cliù a chosnadh gu h-eadar-nàiseanta. Mar eisimpleir, na prògraman Gàidhlig a choisinn duais, no a chaidh a mholadh airson duais, aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach no cho cudromach 's a tha MG ALBA, BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal dhan obair a bhios Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh le ar co-obraichean ann an Canada. Le Cnoc Soilleir, tha fianais mhath againn air mar a dh'fhaodas iomairt ionadail airson aon choimhearsnachd Ghàidhlig a bhith mar mheadhan gus obair ùr-ghnàthach a chur air adhart aig ìre nas fharsainge sa chultar – mar eisimpleir, nuair a chaidh Co-labhairt Gnàth-shìde na Gàidhlig aig Gnàth-shìde Innse Gall a chumail aca o chionn ghoirid. Tha coimhearsnachdan mion-chànain eile mu thràth a' mothachadh dha mar phròiseact a tha cudromach aig ìre eadar-nàiseanta. Mar eisimpleir, thuirt buill dhen chòmhlán Ghearmailteach-Albannach, An Carra, aig a bheil Frioslannais gun tug Cnoc Soilleir buaidh chudromach orra nuair a rinn iad co-dhùnadh dreuchd a thoirt a-mach mar luchd-ciùil sa chànain aca fhèin.¹ Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air mar a tha cùisean air soirbheachadh leotha, agus air na dòighean-obrach innleachdach aca, nuair a bhios sinn a' cruthachadh dhòighean gus foghlam adhartach a thoirt seachad ann an Alba agus beachdaichidh sinn air mar a ghabhas seo a chleachdadh mar eisimpleir do choimhearsnachdan mion-chànain air feadh an t-saoghail.

¹ [“It just felt natural”: Còmhlán a' cleachdadh chànain dùthchasach na Gearmailt is na h-Alba](#), Press & Journal, 23 Lùnastal 2023

3.1.11 Ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, bu chòir cùisean, a thaobh taigheadais is stòrasan fo shealbh na coimhearsnachd, a th' air an adhbhrachadh le bàs gun tiomnadh a bhith air an toirt am follais, agus bu chòir iomairtean leithid comhairle Choimisean na Croitearachd air leantailachd a bhith air a sgaoileadh gu fad is farsaing.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

'S e prìomhachas a th' ann fhathast gun tèid dèiligeadh ris na th' ann de dhachaighean falamh a th' ann. Bidh sin mar phàirt glè chudromach dhen iomairt gus frithealadh air an iarrtas airson taigheadas. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, 's e a bhith a' dèanamh an fheuma as fheàrr dhen taigheadas a th' ann a-cheana fear de na ceithir raointean-gnìomha a chaidh a chomharradh ann an Taigheadas gu ruige 2040.

Tha am moladh seo a' buntainn ri duilgheadas leantainneach a chithear sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chaidh a chomharrachadh leis a' Bhuidhinn-obrach Gheàrr-ùine, agus tha poileasaidhean aig an riaghaltas a chuidicheas leis.

Bidh Com-pàirteachas Dhachaighean Falamh na h-Alba ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus luchd-seilbh prìobhaideach gus feum as ùr a dhèanamh de dhachaighean falamh. Bho 2010, tha iad air sin a dhèanamh le 9,000 togalach. Tha seirbheisean dhachaighean falamh aig a' Chom-pàirteachas air feadh Alba agus tha iad ag amas air lìonra nàiseanta de dh'oifigearan a stèidheachadh. San t-Sultain 2023, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba rannsachadh neo-eisimeileach, 'A' dèanamh feum as ùr de dhachaighean falamh: sgrùdadh air dachaighean falamh fo shealbh prìobhaideach ann an Alba'. Gheibhear sealladh farsaing an sin air dachaighean falamh ann an Alba agus gnìomhan a bharrachd a dh'fhaodadh an riaghaltas a dhèanamh gus am biodh iad air an cleachdadh a-rithist. Mar thoradh air na h-iomairtean obrach seo, thèid dòighean-obrach ro-innleachdail a stèidheachadh gus feum as ùr a dhèanamh de dhachaighean falamh agus thèid iad sin fhighe a-steach do dh'obair a' Chom-pàirteachais airson Dachaighean Falamh.

Obraichidh sinn còmhla ris a' Chom-pàirteachas, ùghdarrasan ionadail agus luchd-seilbh gus feum as ùr a dhèanamh de dhachaighean falamh ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Mar phàirt dhen ro-innleachd seo thèid dèiligeadh ris na cùisean sònraichte a thog a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine a thaobh bàs gun tiomnadh sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig – agus cuideachd thèid togail air na h-iomairtean a th' ann mu thràth leithid comhairle Choimisean na Croitearachd air leantailachd nuair a tha bàs gun tiomnadh ann.

3.1.12 Bu chòir beachdachadh a bheil buidheann-gnìomha a dhìth airson tuilleadh measaidh a dhèanamh air a h-uile taobh de phoileasaidhean poblach is a' bhuidheann a th' aca air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig – air an aon sheòrsa stèidhe ri Coimisean nan Coimhearsnachdan Cuimris a chaidh a stèidheachadh o chionn ghoirid.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo gu ìre.

Fo Bhile nan Cànan Albannach bidh dleastanas air Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan poblach gus beachdachadh air a' Ghàidhlig nuair a bhios iad a' coileanadh nan uallaichean aca. Mar phàirt de sin, thèid measadh a dhèanamh air a' bhuidheann a th' aig gach taobh de phoileasaidhean poblach air a' chànan. Cuideachd, tha am Bile a' fàgail dleastanas air Ministearan na h-Alba gus Ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh a thèid an àite Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig. Seach gum bi an ro-innleachd air a dealbh fo sgèith Mhinistearan na h-Alba an àite Buidheann Phoblach Neo-roinneil, agus gum bi i a' sìneadh tarsainn gach taobh de dh'obair an riaghaltais, nì sin cinnteach gum bithear a' gabhail sealladh nas fharsainghe air mar a ghabhas Gàidhlig fhighe a-steach do shaoghal poblach na h-Alba.

Le siostam nam Planaichean Gàidhlig a th' ann an-dràsta, tha aig buidhnean poblach ri Buidhnean Coileanaidh Gàidhlig a stèidheachadh airson dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air a' bhuidheann a th' aig an raon-phoileasaidh aca air a' chànan. Tha leithid a bhuidheann aig Riaghaltas na h-Alba agus cumaidh sinn oirnn ag obair leis a' bhuidhinn sin gus am moladh seo a choileanadh. Cuideachd, bheir sinn taic do Bhòrd na Gàidhlig fhad 's a bhios iad a' sgrùdadh mar a bhios buidhnean poblach eile a' coileanadh a' gheallaidh seo.

An Roinn Phoblach is Planaichean Gàidhlig

3.2.1 Far a bheil dleastanas aig buidheann Plana Gàidhlig ullachadh is raon-ùghdarras aca anns a bheil cothrom airson fàs eaconamach, feumaidh iad beachdachadh air ro-innleachd airson Gàidhlig mar stòras is sin a chur an sàs san obair aca a thuilleadh air na toraidhean corporra aca.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Mar a chithear fo mholadh 3.1.12, tha Bile nan Cànan Albannach a' dol a thoirt atharrachadh air siostam nam Planaichean Gàidhlig. Mar thoradh air a' Bhile, bidh dleastanas air Ministearan na h-Alba gus Ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh. Bidh aig Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan poblach ri feart a thoirt dhan Ro-innleachd Ghàidhlig ann a bhith a' coileanadh an cuid uallaichean. A thaobh nan roinnean dhen riaghaltas a tha a' buntainn ris an eaconamaidh, bhite a' coimhead air Gàidhlig mar stòras taobh a-staigh an raon-ùghdarras nas fharsainge aca. Bhiodh an aon rud a' tachairt ann an ùghdarrasan poblach aig a bheil dleastanasan a thaobh na h-eaconamaidh.

Tha seo a' togail air na riatanasan a gheibhear ann an Siostam nam Planaichean Gàidhlig an-dràsta far am feum buidhnean poblach beachdachadh air mar a dh'fhaodadh Gàidhlig a bhith na stòras agus na buannachd dhaibh air feadh na h-obrach aca. Tha am Bile a' stèidheachadh chumhachdan do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh, bun-inbhean agus riaghlaidhean a dhealbh a thaobh mar a thèid an Ro-innleachd Ghàidhlig a chur an gnìomh. Bidh iad sin a' cur an cèill an ìre gum feum buidhnean poblach feart a thoirt dhan Ghàidhlig mar stòras no buannachd nan obair.

Thèid an ro-innleachd, agus an stiùireadh, bun-inbhean agus riaghlaidhean a tha a' dol còmhla rithe, a dhealbh ann an co-bhuinn ris na buidhnean a tha air an ainmeachadh airson a' mholaidh seo.

3.2.2 Gun tèid siostam nam Planaichean Gàidhlig a sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gun tèid geallaidhean nas làidire a libhrigeadh, siostam anns am bi taic do phlanaichean a thèid ullachadh gu saor-thoileach, às aonais iarrtas bho Bhòrd na Gàidhlig, a dh'fhaodadh deagh bhuaidh a thoirt air coimhearsnachdan is cuideachadh le libhrigeadh mholaidhean nam planaichean reachdail.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha e na amas leis na gnìomhan a chaidh a mhìneachadh fon mholadh mu dheireadh dèanamh cinnteach gum bi geallaidhean nas làidire sna Planaichean Gàidhlig, geallaidhean a bhios nas fhasa a choileanadh. Air feadh Bile nan Cànan Albannach thathar a' cur cuideam air ìrean coileanaidh freagarrach air feadh an t-saoghail phoblaich a tha a' freagairt air an raon/na raointean sa bheil buidheann phoblach ag obair agus air farsaingeachd na h-obrach aca.

A thuilleadh air a bhith a' neartachadh an fhrèam nàiseanta airson Phlanaichean Gàidhlig, tha am Bile cuideachd a' cur barrachd cuideim air coimhearsnachdan agus

mar a dh'fhaodas iad pàirt a ghabhail ann an cùisean. Tha e a' stèidheachadh chumhachan airson Sgìrean Cànain Sònraichte a bhios a' ciallachadh gum bi buidhnean coimhearsnachd sna sgìrean sònraichte sin a' dol an sàs gu ìre nas motha anns obair gus planadh cànain a dhealbh agus a chur an gnìomh.

Tha seo a' togail air obair a tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh mu thràth agus iad a' cur taic ri planaichean cànain coimhearsnachd leithid na feadhna a tha gan cur an gnìomh ann an ceann an iar-thuath Leòdhais, agus ann an Uibhist.

3.2.3 Gun tèid 'An Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig' ath-sgrùdadh leis an amas gum bi planaichean nas lèirsinniche ann agus gun tèid measadh is coileanadh nam planaichean a neartachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Rinn Bòrd na Gàidhlig ath-sgrùdadh air an 'Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig' agus chaidh tionndadh ùr fhoillseachadh.

Mar thoradh air Bile nan Cànain Albannach, thèid an cumhachd gus leithid a stiùireadh ullachadh a bhuileachadh air Ministearan na h-Alba. Bidh sin a' dol còmhla ris an dleastanas a bhios air Ministearan gus Ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh agus bidh cumhachdan aca cuideachd gus bun-inbhean is riaghlaidhean a stèidheachadh. Seach gum bi e a' tighinn bho Mhinistearan na h-Alba an àite bho Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil, mar a tha e an-dràsta, bidh inbhe nas àirde aig an stiùireadh seo agus na sgrìobhainnean a thig còmhla ris – le sin 's urrainnear Planaichean Gàidhlig nas lèirsinniche ullachadh agus bidh modhan-measaidh nas làidire is ìrean coileanaidh nas fheàrr ann. Leis na dleastanasan sgrùdaidh a bharrachd a bhios air Bòrd na Gàidhlig, thèid na modhan-measaidh is ìrean coileanaidh airson phlanaichean fa leth a neartachadh.

3.2.4 Gum bu chòir reachdas a bhith air a neartachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid planaichean a libhrigeadh is gun tèid beachdachadh air an fheum airson Coimiseanair na Gàidhlig aig am biodh cumhachd sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha buidhnean poblach a' cumail ri cumhachan an reachdais.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Fo na thathar a' moladh ann am Bile nan Cànain Albannach, bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair mar bhuidhinn sgrùdaidh. Le seo, thèid leasachadh a thoirt air an t-siostam a th' ann an-dràsta airson dèanamh cinnteach gun coilean buidhnean poblach na Planaichean Gàidhlig aca. A thuilleadh air a' chumhachd a th' aig Bòrd na Gàidhlig mu thràth gus aithris a dhèanamh air ìrean-coileanaidh do Mhinistearan na h-Alba, bidh cumhachd aca gus aithisgean a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba fhèin.

Nuair a bhathar ag ullachadh chumhachan a' Bhile, chaidh beachdachadh air cumhachan airson Coimiseanair na Gàidhlig agus sinn a' gabhail ealla ri eisimpleirean de Choimiseanairean Cànain ann an dùthchannan eile. Ge-tà, aig a' cheann thall chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gun leithid a chumhachan a chur ann. A rèir nam beachdan a fhuaras sa cho-chomhairleachadh poblach, thathar a' cur sùim ann an obair Bhòrd na Gàidhlig agus a' smaoinachadh gum biodh e feumail

buidheann phoblach a chumail aig a bheil dleastanasan sgrùdaidh agus dleastanasan gus Gàidhlig a chur air adhart.

Bhathar a' gabhail ris nam biodh ceannardas na bu làidire ann bho Riaghaltas na h-Alba agus bho air feadh na roinne poblaiche, gun toireadh sin piseach air ìrean-coileanaidh is buaidh nam planaichean Gàidhlig.

3.2.5 Gum bu chòir gum feum iomairtean ann am prìomh roinnean, a tha a' faighinn airgead poblach, sealltainn gu bheil iad mothachail air a' Ghàidhlig ann am bathar/seirbheisean, agus/no margaidheachd, no feumaidh iad mìneachadh carson a tha iad ga fàgail às.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Sna cumhachan ann am Bile nan Cànan Albannach a thaobh ìrean coileanaidh freagarrach, thèid mìneachadh a dhèanamh air na h-ìrean gu bheilear an dùil a bheir iomairtean, a gheibh airgead poblach, taic dhan Ghàidhlig nan obair. Mar phàirt de sin bidh aig buidhnean ri sealltainn gu bheil iad mothachail air a' Ghàidhlig ann am bathar, seirbheisean agus margaidheachd – no bidh aca ri adhbharan reusanta a thoirt seachad airson gun a bhith a' dèanamh sin. Thèid na slatan-tomhais, a bhithear an dùil a choileanas iomairtean leis an dleastanas seo, a chur an cèill san stiùireadh, sna bun-inbhean agus riaghlaidhean a dh'ullaicheas Ministearan na h-Alba airson a bhith a' cur Ro-innleachd na Gàidhlig an gnìomh.

3.2.6 Gum bu chòir ùrachadh a dhèanamh air Ar Stòras Gàidhlig gus am faighear an dealbh as ùire de leudachaidhean eaconamach ceangailte ri Gàidhlig bho chaidh a' chiad sgrùdadh fhoillseachadh ann an 2014.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near dhan mholadh seo.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (IGE) a-nis a' beachdachadh air seo a chur ris na planaichean aca airson 2025-26, agus sin an crochadh air na cheadaicheas am buidseat aca. Tha IGE a' dèanamh rannsachadh a thaobh Chothroman Cruth-atharrachail Roinneil agus tha iad a' coimhead air cùisean cànan mar phàirt dheth sin gus beachdachadh air a' bhuidhean a bheir e air coimhearsnachdan Gàidhlig agus Sgìrean Cànan Sònraichte nuair a thig àireamhan mòra de luchd-obrach a-steach gu sgìre airson phròiseactan leithid Scotwind.

Cuideachd, tha an obair – a tha ga dèanamh airson Measadh-buaidhe air Bile nan Cànan Albannach a thaobh Dhleastanasan airson Alba nas Cothromaiche – a' buntainn ris a' mholadh seo. Rinn a' chiad mheasadh againn² follaiseach gu bheil uireasbhaidhean san tuigse a th' againn air na ceanglaichean eadar adhartachadh na Gàidhlig agus cùisean sòisealta is eaconamach san fharsaingeachd. Dhearbh seo do Riaghaltas na h-Alba gum biodh e feumail tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air na ceanglaichean eadar cùisean mion-chànain agus cùisean sòisealta is eaconamach. Chaidh seataichean-dàta buntainneach a chomharrachadh gus beachdachadh orra, agus nithear tuilleadh sgrùdaidh air fianais fhoillsichte rè na h-ùine a bhios am Bile ga thoirt air adhart. Aon uair 's gu bheil am Bile air a shlighe a

² [Bile nan Cànan Albannach: Geàrr-chunntas a thaobh Dhleastanasan airson Alba nas Cothromaiche](#)

dhèanamh tro ìrean sgrùdaidh na Pàrlamaid agus air fhoillseachadh mar Achd, thèid ùrachadh a dhèanamh air an fhianais, agus thèid cunntas fhoillseachadh air atharraichean sam bith a rinneadh a' Bhile, mar thoradh air tuilleadh fianaise, gus dèiligeadh ri neo-ionannachd.

Chan eilear air uiread sin de sgrùdadh a dhèanamh air an dàimh eadar leasachaidhean eaconamach agus ath-bheothachadh cànan – ann an saoghal na sgoilearachd no am measg luchd-poileasaidh. 'S e an obair a rinneadh airson *Ar Stòras Gàidhlig* o chionn deich bliadhna dìreach aon eisimpleir de na h-oidhirpean a chaidh a dhèanamh air feadh choimhearsnachdan a' chànain gus dearbhadh dè na ceanglaichean a th' ann eadar iomairtean eaconamach is cànan agus ciamar as urrainnear feum a dhèanamh de na ceanglaichean sin tro phoileasaidhean. Airson na Gàidhlig, tha measaidhean-buaidhe fa leth ann leithid na feadhna air an tug a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-ùine iomradh: mar eisimpleir, buaidh eaconamach MG ALBA, eaconamaidh Ghàidhlig Ghlaschu no na sgrùdaidhean bliadhnail a bhios An Comunn Gàidhealach a' barantachadh airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Aig ìre eadar-nàiseanta, 's urrainn dhuinn eisimpleirean eile ainmeachadh leithid na bùtha-obrach air Ath-bheothachadh Cànan is Cruth-atharrachadh air an Eaconamaidh a chum Oilthigh Aberystwyth ann an 2019. Gu dearbh, tha an Aithisg aig a' Bhuidhinn-obrach Gheàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig a' cur ris na th' againn de thoraidhean sgrùdaidh san raon seo.

Thathar an dùil gum bi obair gus measadh leantainneach a dhèanamh air na ceanglaichean eadar cùisean eaconamach is adhartachadh na Gàidhlig na pàirt mòr de phoileasaidhean Gàidhlig san ùine ri thighinn, agus an obair sin ga dèanamh taobh a-staigh frèam planaidh Bile nan Cànan Albannach a thathar a' moladh agus i a' togail air lèirsinn na h-aithisge aig a' Bhuidhinn.

Coimhearsnachdan

3.3.1 Gum bu chòir lìonra de dh'Oifigearan Gàidhlig a gheibhear taic cheart a chumail suas thairis air ùine mhaireannach gus an urrainn dhaibh measgachadh de dh'iomairtean sòisealta Gàidhlig a bhrosnachadh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig is àitichean eile. Dh'fhaodadh measgachadh de dhòighean riaghlaidh a bhith ann, ach bu chòir cothroman ionnsachaidh a bhith an lùib nan dreuchdan.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Bho chaidh Aithisg na Buidhne fhoillseachadh chaidh lìonra de dh'Oifigearan Gàidhlig a chur air chois dha bheil Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic rianachd. Tha seo a' togail air an obair a rinn Oifigearan Gàidhlig gus leithid a lìonra a stèidheachadh iad fhèin. Bidh riochdaire bho Roinn na Gàidhlig is Albais aig Riaghaltas na h-Alba a' frithealadh choinneamhan de chomataidh chomhairleachaidh an lìonra. Tha an lìonra a' toirt cothrom do dh'Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig agus Oifigearan Phlanaichean Gàidhlig tighinn còmhla. Tha oifigearan eile mar phàirt dheth cuideachd, feadhainn aig a bheil dreuchdan far nach fheum Gàidhlig a bhith aca ach a bhios ag obair gus Gàidhlig fhighe a-steach do dh'obair na buidhne aca. Tha oifigearan a tha nam buill dhen lìonra ag obair sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, a chaidh a chomharrachadh san aithisg, agus ann an sgìrean eile air feadh Alba.

Am measg amasan an lìonra, a dh'aontaich na buill aige, tha gun toirear cothroman ionnsachaidh is leasachaidh proifeiseanta do dh'Oifigearan Gàidhlig gu leantainneach. Thathar a' coimhead air na cothroman a ghabhas cur air dòigh leithid nam ball fhèin ag innse do chàch a chèile mu na tha iad air ionnsachadh, no a' toirt fiathachadh do luchd-labhairt bho choimhearsnachdan mion-chànain eile gus innse do bhuill an lìonra mu na sàr mhodhan-obrach aca. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba orra a' toirt taic do Bhòrd na Gàidhlig gus taic rianachd a thoirt dhan lìonra seo agus tha an Riaghaltas a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil co-obrachadh ann agus gu bheilear a' co-phàirteachadh bheachdan is mholaidhean co-cheangailte ri leasachadh na Gàidhlig. Am measg nan nithean a choileanas an lìonra, tha gum bi pàirt glè chudromach aige ann a bhith a' cur Bile nan Cànan Albannach an gnìomh.

3.3.2 Gum bu chòir seirbheisean cùraim-chloinne freagarrach a bhith rim faighinn ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, le trèanadh iomchaidh tro mheadhan na Gàidhlig do stiùirichean-cluiche, tro phreantasachdan bun-ìre is dòighean eile, ann an dòighean-obrach bogaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil uimhir a phàrantan 's a tha ag iarraidh saor a bhith ag obair. Cuideachd, dh'fhaodadh na seirbheisean sin a bhith mar shlighe a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha dleastanas reachdail air ùghdarrasan ionadail gus seirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne maoinichte a thoirt seachad airson clann aois 3-4. Cuideachd, feumaidh iad beachdan a shireadh bho phàrantan is luchd-cùraim gach

dà bhliadhna airson dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne ionadail a' frithealadh air na feumalachdan aca. Tha Bile nan Cànan Albannach a' stèidheachadh dà atharrachadh san lagh gus piseach a thoirt air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tron Ghàidhlig. Thèid Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 atharrachadh gus am bi am pròiseas gus measadh a dhèanamh air an fheum air foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig cuideachd a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tron Ghàidhlig. Cuideachd thèid atharrachadh a dhèanamh air Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014 a bhios a' ciallachadh gum feum ùghdarrasan ionadail measadh a dhèanamh air feumalachdan a thaobh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tron Ghàidhlig nuair a bhios iad a' dèanamh measadh gach dà bhliadhna air feumalachdan ionadail a thaobh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne.

Tha Riaghaltas na h-Alba air làrach-lìn nàiseanta airson goireasan tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne a chruthachadh. Bidh seo mar am prìomh àite far am faighear goireasan TCC de chàileachd a chaidh a dhearbhadh. Nì Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig cinnteach – agus iad ag obair còmhla ri luchd-ùidhe leithid Stòrlann – gum bi goireasan Gàidhlig rim faotainn air an làrach-lìn agus bidh iad a' brosnachadh luchd-ùidhe gus an cleachdadh.

Cuideachd, tha Bòrd na Gàidhlig air aithisg fhoillseachadh o chionn ghoirid air an t-suidheachadh gu nàiseanta airson TCC na Gàidhlig. Bidh seo mar phàirt dhen fhianais air am beachdaich Riaghaltas na h-Alba agus an luchd-ùidhe nuair a bhios iad a' coileanadh ghnìomhan mu choinneimh a' mholaidh seo.

3.3.3 Gum bu chòir dreuchdan na roinne poblaiche ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, cho fad 's as urrainnear, a bhith air an comharrachadh mar fheadhainn anns a bheil Gàidhlig riatanach, gu h-àraid ann fheadhainn a tha ann am prìomh roinnean a tha a' tabhann nan cothroman as motha a thaobh bhuannachdan sòisealta is eaconamach don Ghàidhlig. Bu chòir gun tèid Gàidhlig a chomharrachadh mar rud riatanach ann an dreuchd phoblach eileanach sam bith a tha ga choileanadh air astar.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Thèid grunn cheumannan a ghabhail gus taic a chur ris na cinn-uidhe a chaidh a chomharrachadh an seo. Fo Bhile nan Cànan Albannach, bidh aig Ministearan na h-Alba ri Ro-innleachd na Gàidhlig ullachadh. Bidh an Ro-innleachd sin a' cur cuideam air ìrean coileanadh co-fhreagarrach. Mar eisimpleir, le ìrean coileanadh co-fhreagarrach bithear a' beachdachadh air an ìre gun urrainn do bhuidhnean poblach Gàidhlig fhisge a-steach do na modhan-trusaidh aca. Tha geallaidhean a thaobh trusadh ann am Planaichean Gàidhlig ùghdarrasan poblach buntainneach mu thràth. Bidh Ro-innleachd na Gàidhlig a' togail air an adhartas a rinneadh a-cheana le Planaichean Nàiseanta na Gàidhlig.

3.3.4 Gum bu chòir trèanadh tionnsgalach is fiosrachadh mu ghnòthaichean buntainneach ann am planadh cànan a thabhann do bhuidhnean Gàidhlig is buidhnean na treas roinne leithid urrasan coimhearsnachd is dualchais, a thuilleadh air lìonra nan Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gu bheil taic

nas fheàrr is comasan nas freagarraiche aca airson cothroman eaconamach is sòisealta a thoirt gu buil aig ìre na coimhearsnachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha lionra nan Oifigearan Gàidhlig, air a bheilear a' bruidhinn fo mholadh 3.3.1, a' tabhann leithid a thrèanadh is eòlas do dh'Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig. Am measg ballrachd an lionra tha luchd-obrach aig buidhnean Gàidhlig agus buidhnean bhon treas roinn leithid urrasan coimhearsnachd is dualchais. Bidh an lionra seo mar mheadhan gus am moladh seo a thoirt gu buil.

Tha obair an lionra aig ìre thràth. Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, am measg nam prìomh amasan aca tha gum faigh oifigearan cothroman air leasachadh proifeiseanta leantainneach. Bidh an trèanadh tionnsgalachd agus cothroman gus eòlas a chur air planadh cànan, air a bheil iomradh an seo, mar phàirt de sin. Cuideachd, bidh an lionra mar mheadhan gus taic a thoirt do bhuidhnean sna coimhearsnachdan Gàidhlig agus gus an cuideachadh le bhith a' gabhail nan cothroman eaconamach is sòisealta a gheibhear dhan Ghàidhlig sna coimhearsnachdan aca.

Bidh seo mar phàirt bunaiteach de shiostam leasaichte nam planaichean Gàidhlig a thèid a stèidheachadh fo Bhile nan Cànan Albannach.

3.3.5 Bu chòir cothroman a chur air dòigh airson trèanadh agus seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Roinn a' Chùraim Shlàinte is Shòisealta, cothroman às am faodadh buannachdan mòra, eaconamach tighinn, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail, agus dh'fhaodadh buannachdan eile a bhith ann a thaobh cànan is math dhaoine. Dh'fhaodadh seo tòiseachadh ann an sgoiltean tro bhith a' leudachadh air Preantasachdan Bun-ìre tron Ghàidhlig, a tha mu thràth rim faighinn ann an cùram-chloinne is sna meadhanan ann an àireamh bheag de sgoiltean.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha na Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chaidh a chomharrachadh san aithisg a' tighinn fo sgèith NHS Eileanan Siar no NHS na Gàidhealtachd. Sna Planaichean Gàidhlig aca, tha an dà bhòrd slàinte a' gabhail ealla ris cho chudromach 's a tha a' Ghàidhlig an dà chuid mar sgil chudromach san àite-obrach agus ann an coimhearsnachdan agus mar nì a bheir cofhurtachd do dh'euslaintich a dh'fhaodas cùram slàinte is sòisealta fhaighinn sa chànan mhàthaireil aca. Cuideachd, tha geallaidhean san dà phlana gus cur ris na sgilean Gàidhlig aig an luchd-obrach airson dèanamh cinnteach gum bi na buannachdan seo ann. Tha NHS Eileanan Siar a' gabhail ris gun urrainn dhaibh cuideachadh le bhith "a' neartachadh margaidh-obrach na Gàidhlig" tro na modhan trusaidh aca. Tha e na amas do NHS na Gàidhealtachd a bhith ag obair còmhla ri Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Sabhal Mòr Ostaig gus slighean Gàidhlig a stèidheachadh airson teisteanasan ann an cùram slàinte is sòisealta. Bheir Riaghaltas na h-Alba taic dhan obair seo tro iomairtean obrach is fòraman freagarrach.

Tha iomairtean aig NHS Eileanan Siar agus NHS na Gàidhealtachd a tha a' toirt fianais dhuinn air na buannachdan a thig bho bhith a' cleachdadh Gàidhlig an lùib sheirbheisean cùraim shlàinte is shòisealta. Mar eisimpleir, o chionn grunn bhliadhnaichean tha meur Taobh Siar na Gàidhealtachd de Alzheimer Alba air a bhith a' cleachdadh Gàidhlig nan obair – gu h-àraidh le buidhnean còmhraidh Gàidhlig. Tron iomairt sin faodaidh luchd-labhairt na Gàidhlig air a bheil dementia a' chiad chànan aca a chleachdadh – agus bidh tòrr dhaoine a' tilleadh gu bhith a' bruidhinn a' chànan mhàthaireil aca fo bhuidh na h-euslaintean sin. Bidh bun-sgoiltean Gàidhlig ann am Port Rìgh agus Loch Abar cuideachd a' gabhail pàirt sa phròiseact seo – le sin gheibh sgoilearan cothroman na sgilean cànan aca a leasachadh tro bhith a' bruidhinn ri fileantaich nas sine. Rinneadh moladh, mar a bu chòir, air Alzheimer Alba airson na h-obrach seo – agus thugadh aithne shònraichte dhan iomairt nuair a bhuannaich iad an Duais Coimhearsnachd aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba ann an 2021. Tha am pròiseact a' sealltainn mar as urrainn do dh'iomairtean cùraim shlàinte is shòisealta agus prògraman foghlaim a bhith ag obair còmhla a chum maith na coimhearsnachd agus airson bhuannachdan foghlaim fhad 's a thathar a' neartachadh suidheachadh na Gàidhlig fhèin. Le leithid a dh'obair tha lèirsinn airson mar a ghabhas Gàidhlig a chleachdadh gu buannachd roinn a' Chùraim Shlàinte is Shòisealta thar Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig na h-aithisge.

3.3.6 Bu chòir taic a bhith ann do choimhearsnachdan gus goireasan a chruthachadh, no sealbh fhaighinn orra, anns am biodh gnìomhachd eaconamach ga cur air adhart agus anns am faigheadh daoine barrachd cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh gu sòisealta – no taic gus cothrom fhaighinn air làraichean a th' ann mu thràth, leithid sgoiltean sa choimhearsnachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

San Aithisg, dh'ainmich buill na buidhne trì pròiseactan a fhuair taic bho Riaghaltas na h-Alba agus a tha air buannachdan eaconamach is cultarach a chruthachadh sna coimhearsnachdan ionadail aca: Sabhal Mòr Ostaig ann an Slèite, Cnoc Soilleir ann an Uibhist a Deas, agus Ionad Chalum Chille Ìle. Cuideachd, thug an aithisg iomradh air na buannachdan eaconamach geàrr-ùine a thàinig bho na pròiseactan sin, agus na toglaichean aca, tro obraichean togail is gleidhidh. Tha na trì pròiseactan seo a' toirt dhuinn trì eisimpleirean de na dòighean san urrainn do Riaghaltas na h-Alba a bhith ag obair gus am moladh seo a choileanadh.

Am measg prìomh phuingeannan na h-Aithisge seo tha gu bheil a' Ghàidhlig fhèin na stòras eaconamach. Tha na trì eisimpleirean gu h-àrd a' daingneachadh na puinge seo gu mòr, agus tha fianais gu leòr eile air sin bho iomairtean Gàidhlig ann an raointean eile leithid craoladh. Tha Bile nan Cànan Albannach cuideachd air togail air a' phrionnsapal seo agus e a' fàgail dhleistanasan air Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan poblach gus beachdachadh air a' Ghàidhlig nuair a bhios iad a' coileanadh nan uallaichean aca. A thuilleadh air iomairtean riaghaltais, tha eisimpleirean eile ann air am faodar togail, leithid na rinneadh air stèidh phrìobhaideach leis an Taigh Chèilidh ann an Steòrnabhagh.

Am measg ghnìomhan a' Phlana Ghnìomh airson Taigheadas ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach, tha gun tèid cur ris na comasan a th' aig coimhearsnachdan agus ris an eòlas a th' aca air a' phròiseas airson Iarrtas airson Sealbh. Cuiridh Riaghaltas na h-Alba, agus iad ag obair ann an co-bhuinn ri buidhnean eile ainmichte mu choinneimh a' mholaidh seo, gnìomh ceudna an sàs a thaobh a bhith a' cruthachadh no a' faighinn sealbh air stòrasan/goireasan coimhearsnachd.

3.3.7 Chun na h-ìre as motha as urrainnear ann am pròiseas nan dreuchdan poblach, bu chòir dòigh a bhith ann airson trusadh taiceil a dhèanamh airson luchd-còmhnaidh Gàidhlig, ionadail air bùird bhuidhnean poblach is chomataidhean eile a tha an sàs ann an gnìomhan a bheir buaidh air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha mar a thèid daoine a chur an dreuchd air Bùird bhuidhnean air a riaghladh le Coimiseanair nan Inbhean Beusach. Bithear a' cur dhaoine an dreuchd fo sgrùdadh a' Choimiseanair agus a rèir a' Chòd Obrach airson mar a Chuireas Ministearan Daoine an Dreuchd ann am Buidhnean Poblach ann an Alba. Tha leabhar-làimhe le stiùireadh reachdail ann mar thaic dhan Chòd a chuidicheas daoine le bhith a' cur a' Chòd an gnìomh agus le bhith ga thuigsinn.

Tha e mar dhleastanas air Ministearan na h-Alba co-dhùnaidhean cothromach is follaiseach a dhèanamh a tha stèidhichte air cho iomchaidh 's a tha na daoine a chuireas iarrtas a-steach airson dreuchd. Bidh Ministearan a' stèidheachadh na tha iomchaidh a' ciallachadh airson gach dreuchd air bòrd a tha ri lìonadh agus sin stèidhichte air feumalachdan sònraichte a' bhùird aig an àm, agus air na feumalachdan a bhios aig a' bhòrd rè ùine na dreuchd, agus thèid na daoine as motha a tha a' coileanadh riatanasan na dreuchd a chur an dreuchd. Tha Ministearan na h-Alba a' cur sùim mhòr sna buannachdan a thig bho Bhùird air a bheil buill aig a bheil diofar sheòrsaichean eòlais is diofar sheallaidhean agus tha iad airson gun cuir taghadh cho farsaing 's a ghabhas de dhaoine a-staigh airson dreuchdan poblach.

Airson gach cuairt fo riaghladh gus daoine a chur an dreuchd, bidh Ministearan na h-Alba a' tiomnadh dhleastanasan taghaidh do phannal taghaidh a bhios a' cruthachadh is a' cur aonta ri plana gus daoine a chur an dreuchd, modhan-iarrtais agus modhan-measaidh, agus plana sanasachd gus ruighinn air daoine sònraichte. Mar phàirt de na còmhraidhean aca, bidh am pannal taghaidh a' beachdachadh air na sgilean is air an eòlas shònraichte a dh'fhaodadh a bhith a dhith air a' Bhòrd agus mar phàirt de sin dh'fhaodadh gum bithear a' sireadh luchd-còmhnaidh ionadail aig a bheil Gàidhlig. Dh'fhaodadh sin a bhith freagarrach airson nam buidhnean poblach a bhios a' dèanamh obair a bheir buaidh air prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig.

Sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, nuair a bhathar a' cur dhaoine an dreuchd air na Bùird aig Stòras Mara Cailleannach Earranta (CMAL), Daibhidh Mac a' Bhruthainn Earranta (DML), Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG), rinneadh sanasachd nach beag am measg choimhearsnachdan airson dèanamh cinnteach gun robhar a' sgaoileadh fiosrachadh mu na dreuchdan buntainneach am

measg luchd-labhairt na Gàidhlig agus/no am measg dhaoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Mar eisimpleir, sgrìobh Rùnaire a' Chaibineit airson Còmh-dhail o chionn ghoirid gu diofar bhuidhnean ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach Gàidhlig agus iad gam brosnachadh gu bhith a' cur a-staigh airson a bhith nan Stiùiriche Neo-dhreuchdail air Bòrd CMAL. Chaidh litrichean coltach ri sin, bho Mhinistearan is oifigearan, a chur gu daoine ron seo gam brosnachadh gu bhith a' cur a-staigh airson dreuchdan air diofar Bhòrd leithid DML agus HIAL. 'S e eisimpleir eile, mar a tha Ministearan air aontachadh o chionn grunn bhliadhnaichean, a thaobh bhall ùra air Bòrd HIE, gum feum fìor dhlùth cheangal a bhith aig cuid dhen fheadhainn a thèid a chur an dreuchd ri cùisean a bheir buaidh air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus ris na cothroman a chuidicheas le leasachaidhean eaconamach is coimhearsnachd air feadh na sgìre agus gum feum tuigse mhath a bhith aca air na cùisean is cothroman sin. Airson na cuairt taghaidh mu dheireadh, dh'aontaich Ministearan gum feumadh aonan dhen dithis bhall ùra a bhith a' fuireach, ag obair, ag ionnsachadh no a' cur ionmhas an seilbh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Cuideachd, b' fheàrr leotha gu mòr gum biodh an dàrna ball ag obair, ag ionnsachadh no a' cur ionmhas an seilbh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Mu dheireadh, airson buill BnG, feumaidh Gàidhlig a bhith aig buill agus feumaidh iad a bhith comasach air na beachdan aca a chur an cèill le misneachd an lùib conaltradh poblach air-loidhne, agus ann an coinneamhan is cruinneachaidhean a tha air an cumail aghaidh-ri-aghaidh. Thathar an dùil gum bi Buill a' Bhùird nan tosgairean dùrachdach airson na Gàidhlig agus gun dèan iad tagradh às leth Bhòrd na Gàidhlig, agus gum bi iad deònach co-chonaltradh a dhèanamh ri coimhearsnachdan Gàidhlig air feadh Alba.

3.3.8 Gum bu chòir beachdachadh air na cothroman a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith aig Oifigearan Tuineachaidh – a bhios a' toirt taic do dhaoine gus gluasad gu, is a bhith a' fuireach ann an, coimhearsnachdan eileanach – gus sanasachd a dhèanamh air cho cudromach 's a tha an cànan ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, a thuilleadh air a bhith ag ath-thuineachadh dhaoine aig ìrean eadar-dhealaichte fhad 's a tha iad a' gluasad.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus a' Bhuidheann-obrach air Cùisean-sluaigh aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean an dùil cumail orra ag obair còmhla gus taic a chur ris na h-Oifigearan Tuineachaidh Coimhearsnachd agus nì iad sgrùdadh air na buannachdan a dh'fhaodadh tighinn bhon dòigh-obrach seo a thaobh a bhith a' togail chom-pàirteachasan eadar na roinnean poblach, prìobhaideach agus coimhearsnachd. Cuideachd, faodar coimhead air cho cudromach 's a tha cànan le sùil sin a chur ri dleastanasan nan dreuchdan, mar phàirt de mar a tha CGE a' dol a bheachdachadh ann am barrachd doimhneachd air a' cheangal eadar cànan is taigheadas.

Fon Phlana Ghnìomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaigh, chaidh fhoillseachadh gun tèid lionra leth-fhoirmeil de dh'Oifigearan Tuineachaidh Coimhearsnachd a stèidheachadh mar phàirt dhen Bhuidhinn-choileanaidh gus Dèiligeadh ri Call-sluaigh, agus an lùib sin bidh dreuchdan ùra gan stèidheachadh ann am pàirtean eile de dh'Alba far a bheilear a' call sluaigh. Bidh pàirtean eile dhen Phlana Ghnìomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaigh – leithid gnìomhan co-cheangailte ri bun-structair

fiosaigeach is didseatach, cothroman air seirbheisean poblach, agus taic do dh'eaconamaidhean ionadail – a' cuideachadh le builean airson luchd-labhairt na Gàidhlig, ri linn mar a dh'fhaodas na gnìomhan taice seo buaidh a thoirt air diofar àiteachan.

Air a' Bhuidhinn-chomhairleachaidh le Eòlaichean air Cùisean Imrich is Sluaigh aig Riaghaltas na h-Alba, tha ball, an t-Ollamh Philomena de Lima, aig a bheil eòlas sònraichte air rannsachadh sòisealta co-cheangailte ri coimhearsnachdan dùthchasach. Mar a chaidh a ràdh sa Phlana Ghnìomh gus Dèiligeadh ri Call-sluaigh, tha a' Bhuidheann-chomhairleachaidh le Eòlaichean a' cur crìoch air coimisean a bhios a' dèanamh ath-sgrùdadh agus geàrr-chunntas air an dàta agus litreachas a th' ann an-dràsta, agus bithear a' comharrachadh bheàrnan a thaobh phàtranan gluasaid/imrich am measg dhaoine òga is inbhich (aois 16-40) ann an sgìrean dùthchail na h-Alba, agus a' coimhead air 'slighe beatha' dhaoine. Bithear a' coimhead air coimhearsnachdan Gàidhlig mar phàirt dhen obair seo agus sa Phlana Ghnìomh tha gealladh ann dhan Bhuidhinn-chomhairleachaidh le Eòlaichean far am bi iad "a' beachdachadh air rannsachadh a chur air dòigh mu na dòighean san urrainn dhan Ghàidhlig agus a cultar – agus an dlùth-cheangal a th' aice ris an tìr, àiteachan ionnsachaidh agus cothroman sòiseo-eaconamach – cuideachadh le bhith a' gleidheadh dhaoine òga ann an sgìrean." Nithear an obair seo san ùine ri thighinn, a bhios mar thaic cuideachd do dh'Oifigearan Tuineachaidh Coimhearsnachd agus iomairtean taice eile, mar phàirt dhen obair gus am moladh seo a choileanadh.

3.3.9 Ann an stiùireadh Riaghaltas na h-Alba mu mholaidhean airson Planaichean Àite Ionadail a stèidheachadh, bu chòir beachdachadh air *Sgìrean Cànain Sònraichte* a chomharrachadh far am faodadh iomairtean poileasaidh a bhith a dhìth gus taic is neart a chur ris a' Ghàidhlig, agus e mar phrìomh amas cur ri cumhachd is com-pàirteachadh choimhearsnachdan.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near dhan mholadh seo.

Ann a bhith a' dealbh a' chumha ann am Bile nan Cànain Albannach airson Sgìrean Cànain Sònraichte a chomharrachadh, thugadh fa-near do dh'aithisg na Buidhne-obrach Geàrr-ùine. Tha e air a dhealbh leis an amas gun gabh iomairtean poileasaidh a chur an sàs a neartaicheas cor na Gàidhlig agus a bheir barrachd cothruim do choimhearsnachdan pàirt a ghabhail ann a bhith a' cruthachadh is a' cur poileasaidhean an gnìomh. Mar sin, bidh Bile nan Cànain Albannach agus na structairean a stèidhicheas e mar mheadhan gus amasan a' mholaidh seo a choileanadh.

3.3.10 Leis an riatanas laghail airson Measaidhean Buidhe nan Coimhearsnachdan Eileanach, bu chòir dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh ceart a dhèanamh air a' bhuidhe air cànanan, agus bu chòir stiùireadh air deagh mhodhan-obrach a bhith ri fhaighinn airson cho-chomhairleachaidhean coimhearsnachd gus an tèid an cur an sàs ann an dòigh a tha mothachail do dh'fheumalachdan na Gàidhlig an lùib Phlanaichean Àite Ionadail.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

San stiùireadh a th' ann an-dràsta air Measaidhean Buaidhe nan Coimhearsnachdan Eileanach, thathar ga dhèanamh follaiseach gu bheil e cudromach gun tèid beachdachadh air Gàidhlig nuair a thathar a' dealbh poileasaidhean. San stiùireadh thathar ga dhèanamh follaiseach gu bheil cothroman aig ùghdarrasan poblach taic a thoirt dhan Ghàidhlig nan obair ann an sgìrean eileanach, gu bheil e cudromach gum bi figearan mu luchd-labhairt na Gàidhlig mar phàirt de dhàta a thèid a chruinneachadh agus gun tèid co-chonaltradh a dhèanamh ri coimhearsnachdan Gàidhlig. Gabhaidh an stiùireadh seo ùrachadh san ùine air thoiseach gus an stiùireadh a th' ann mun Ghàidhlig agus mu fheumalachdan cànanain choimhearsnachdan eileanach a neartachadh.

'S e sgrìobhainn a bharrachd a th' ann am Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a tha a' daingneachadh na h-iomairt gus cuideam a chur air a' Ghàidhlig an lùib poileasaidhean. Tha riochdairean bho Bhuidhnean-stiùiridh air feadh Riaghaltas na h-Alba air Buidheann Bhuileachaidh a' Phlana Gàidhlig. Sa bhuidhinn seo bithear a' cur cuideam air i) mar a dh'fheumar beachdachadh air a' bhuidhne a thaobh cànanain a th' aig poileasaidhean a thèid a dhealbhadh is a chur an gnìomh air feadh na buidhne agus ii) mar a bu chòir beachdachadh air mar a dh'fhaodas Gàidhlig cuideachadh le bhith a' coileanadh amasan poileasaidh san fharsaingeachd. Rinneadh adhartas le seo – eadar barrachd stuthan a bhith air am foillseachadh ann an Gàidhlig, co-chonaltradh ri luchd-ùidhe na Gàidhlig no a' beachdachadh air a' Ghàidhlig ann an sgrìobhainnean poileasaidh.

Ge-tà, thathar a' gabhail ris gu bheil obair ri dhèanamh fhathast. Tha Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh fiughair ri bhith a' dèanamh adhartas leis a' mholadh seo tro na dòighean a chaidh ainmeachadh.

Foghlam

3.4.1 Gus làn-fheum a dhèanamh de bhuannachdan eaconamach is foghlaim, bu chòir, mar amas èiginneach, ro-innleachd a dhealbh a thòisicheas a' cur às dhan neo-ionannachd ann am foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' togail a' chànain agus misneachd gus an cànan a chleachdadh, leis an amas dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh farsaing de chuspairean ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre teisteanais.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Mar a chaidh a ràdh, thèid Ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh fo Bhile nan Cànan Albannach. Thèid sin a dhealbh ann an co-bhuinn ri luchd-ùidhe agus bheirear taic dhi, nuair a dh'fheumar, tro riaghlaidhean as urrainn bun-inbhean a stèidheachadh airson foghlam Gàidhlig. Cuideachd thathar a' moladh sa Bhile gun inns ùghdarrasan Foghlaim, mar phàirt dhen phlana Ghàidhlig aca, mu na planaichean a th' aca gus foghlam Gàidhlig a thoirt seachad.

Ghabhadh bun-inbhean a chleachdadh gus adhartas a dhèanamh le grunn chùisean a tha air am meas mar chnapan-starra nuair a thig e gu foghlam tron Ghàidhlig agus gus fiosrachadh nas soilleire a thoirt seachad a thaobh na bu chòir do dhaoine òga a bhith a' sùileachadh nuair a thòisicheas iad air an slighe tro fhoghlam tron Ghàidhlig. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh gum gabhadh leasachadh a dhèanamh air na thathar a' tabhann sa churraicealam tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.

3.4.2 Mar amas èiginneach, thèid iomairt ùr a thòiseachadh gus tidsearan ùra a thàladh is aig an aon àm bithear a' brosnachadh thidsearan a tha uidheamaichte gus teagasg ann an Gàidhlig, ach nach eil a' dèanamh sin an-dràsta, a thighinn a dh'obair ann am foghlam Gàidhlig. Dh'fhaodadh gum biodh gach iomairt a tha seo feumach air taic-bhrosnachaidh, taic is iomairtean gus misneachd dhaoine a thogail gus am bi teagasg sa Ghàidhlig nas tarraingiche.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha grunn sheòrsaichean taic-bhrosnachaidh ann mu thràth. Tha e cudromach gun cumar gan tabhann agus gum bithear gan ath-sgrùdadh. Gus dèiligeadh ri dùbhlain co-cheangailte ri luchd-obrach, tha gnìomhan a dhìth bho chaochladh bhuidhnean san roinn phoblaich gus adhartas a dhèanamh agus thathar a' gabhail ris gum bi gnìomhan a dhìth a thaobh trusadh is gleidheadh luchd-obrach cuideachd.

Chaidh leudachadh a thoirt air Sgeama nam Bursaraidhean Teagaisg gu bhith a' gabhail a-steach teagasg tron Ghàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile agus a' teagasg Gàidhlig mar chuspair ann an àrd-sgoiltean. Tha an sgeama ann gus dèiligeadh ri cion luchd-teagaisg airson nan cuspairean dha bheil e nas duilghe luchd-teagaisg a thrusadh agus gheibh daoine a tha airson gluasad bho aon dreuchd gu dreuchd ùr bursaraidh luach £20,000 gus cùrsa bliadhna, PDGE ann Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL), a dhèanamh.

'S urrainn do Bhòrd na Gàidhlig maoin eachadh a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail, tro Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (chaidh a h-ainm atharrachadh gu Maoin nam Planaichean Gàidhlig o chionn ghoirid), gus cothrom a thoirt do luchd-teagaisg cùrsaichean a ghabhail a bheir piseach air na sgilean Gàidhlig aca.

Cuideachd, nuair a tha ùghdarrasan ionadail a' cur a-steach airson Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig, faodaidh iad taic iarraidh airson chùrsaichean cànanain agus airson pàigheadh airson luchd-teagaisg a bhios a' teagasg an àite thidsearan a tha a' dèanamh chùrsaichean cànanain. 'S e sgeama maoin eachaidh cuingealaichte a th' ann (£4.48 millean airson 24/25) a bhios Ministearan na h-Alba a' tabhann do dh'Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba airson pàigheadh airson suas ri 75% de na cosgaisean gus foghlam Gàidhlig a thoirt seachad.

Ann an Stiùireadh Buidheann Tabhartais Oileanach na h-Alba air Ionnsachadh a Rinneadh Roimhe, thathar ag ràdh gun cuir an SAAS riaghailtean a thaobh ionnsachadh a rinneadh roimhe an dàrna taobh airson Chùrsaichean Bogaidh Gàidhlig aig ìre Cert HE. Ged a bhios oileanaich air maoin eachadh fhaighinn mu thràth airson ceum no teisteanas aig Àrd-ìre Nàiseanta, faodaidh iad fhathast maoin eachadh fhaighinn airson a' chùrsa seo. Ma nì oileanach Bogadh Gàidhlig Cert HE mus dèan iad prògram ionnsachaidh eile (leithid HNC no ceum), cha bhithear a' coimhead air a' chùrsa bhogaidh mar ionnsachadh a rinneadh roimhe.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tabhann Thabhartasan Foghlaim Gàidhlig do dhaoine a tha ag obair gus dreuchd a thoirt a-mach mar thidsear Gàidhlig no tidsear ann am foghlam tron Ghàidhlig a tha airson na sgilean proifeiseanta aca a leasachadh. Leis a' mhaoin seo, faodaidh na h-oileanaich a leanas cur a-staigh air a son: oileanaich a tha a' dèanamh Dioplòma Iar-cheumnach ann am Foghlam (PGDE) ann am foghlam Gàidhlig; oileanaich a tha a' dèanamh cùrsa thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig no cùraim-chloinne Ghàidhlig; oileanaich a tha a' dèanamh fo-cheum ann am foghlam Gàidhlig; luchd-teagaisg a tha ann an dreuchd a bhuineas ri foghlam tron Ghàidhlig a tha airson cùrsa a dhèanamh gus na sgilean aca a leasachadh no luchd-teagaisg le teisteanas-teagaisg tha airson na sgilean aca a leasachadh gus an urrainn dhaibh gluasad gu bhith a' teagasg tron Ghàidhlig.

Thathar a' beachdachadh an-dràsta air iomairt a chur air dòigh gus sanasachd a dhèanamh air na buannachdan a gheibhear bho dhreuchd mar thidsear, leis an amas piseach a thoirt air an àireimh de luchd-teagaisg a thathar a' trusadh is a' gleidheadh airson nan cuspairean far a bheil an gainnead as motha de luchd-teagaisg. Bidh Gàidhlig mar phàirt de sin.

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba orra a' toirt taic do Bhòrd na Gàidhlig leis an iomairt leantainn aca gus teagasg tron Ghàidhlig a chur air adhart.

3.4.3 Chun na h-ìre as motha as urrainnear, gum bu chòir foghlam thidsearan a bhith air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig le oidhirpean ùra com-pàirteach gus dèanamh cinnteach gu bheil foghlam thidsearan Gàidhlig (i) air a bhrosnachadh bho mheadhan an t-siostaim agus (ii) air a dhèanamh cho ruigsinneach 's a ghabhas, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh ionnsachadh aig astar, cho fad 's nach eil sin a' lagachadh na h-obrach gus na sgilean cànanain Gàidhlig a thogail a tha a dhìth air tidsearan soirbheachail.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

San litir stiùiridh bhliadhnail bho Riaghaltas na h-Alba gu Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC), thathar a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e luchd-teagaisg Gàidhlig a thrusadh le bhith ga dhèanamh soilleir 'gu bheil trusadh thidsearan airson a bhith a' teagasg tron Ghàidhlig fhathast na phrìomhachas do Mhinistearan na h-Alba. Tha Riaghaltas na h-Alba airson gun lean an SFC orra a' cuideachadh le bhith a' cur taic ri solar a thaobh seo agus gum beachdaich iad air iomairtean sam bith a dh'fhaodadh èifeachdas a leudachadh san raon seo. Tha sinn ag iarraidh air an SFC luchd-solair Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL) a bhrosnachadh gu bhith a' leudachadh air an àireimh de dh'àiteachan a th' ann do dh'oileanaich agus dòighean-obrach brosnachail is taiceil a chur an sàs a thaobh iarrtasan airson gach prògram CFL.' Cuideachd san litir seo, thathar a' moladh gun tèid agallamhan a thabhann dhan a h-uile neach-iarrtais a chuireas a-staigh airson teagasg tron Ghàidhlig.

'S ann an urra ri institiudan trèanaidh fa leth a tha e Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg a thoirt seachad. Ge-tà, nì Riaghaltas na h-Alba co-chonaltradh ri Comhairle Dheadhan Foghlaim na h-Alba – agus iad a' gabhail ealla ri neo-eisimeileachd nan institiudan CFL – gus faicinn ciamar a ghabhas am moladh seo a thoirt gu buil.

3.4.4 Gum bu chòir taic fhreagarrach, chunbhalach a chur air dòigh do luchd-obrach nan tràth-bhliadhnachan is tidsearan Gàidhlig gus piseach a thoirt air cùisean-obrach is ìrean gleidhidh luchd-obrach, a' gabhail a-steach dòighean bogaidh, ionnsachadh proifeiseanta leantainneach ann an sgilean cànanais is a bhith a' tabhann taghadh nas motha de ghoireasan fìor mhath gus nach bi aig tidsearan ri bhith a' cruthachadh uimhir de na stuthan teagaisg aca fhèin.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba an dùil na leanas a dhèanamh agus sin a rèir mholaidhean bho Sgrùdadh Alba agus Prògram an Riaghaltais, 2024-25:

- ag obair le comhairlean is luchd-ùidhe eile gus planaichean luchd-obrach fad-ùine a dhealbhadh airson na roinne airson dèiligeadh ri cunnartan a thaobh seasmhachd agus gus frithealadh air an iarrtas a bhios ann san ùine ri thighinn
- ag obair còmhla ri comhairlean gus pròiseas a stèidheachadh gun dàil airson an t-adhartas a nì luchd-solair a mheasadh a thaobh a bhith a' pàigheadh Tuarastal Bith-beò Ceart do luchd-obrach a tha a' toirt seachad TCC maoinichte
- a' toirt leudachadh air an àireimh de luchd-obrach cùraim-chloinne agus a' feuchainn dhòighean ùra gus piseach a thoirt air ìrean gleidhidh, às dèidh do mar a thàinig lùghdachadh nach beag o chionn beagan bhliadhnachan air a' chuibhreann seo dhen fheachd-obrach
- a' toirt tuilleadh leasachaidh air an làrach-lìn ùr, a chaidh fhoillseachadh sa Mhàrt, far am faighear am fiosrachadh uile còmhla mu ghoireasan ionnsachaidh proifeiseanta leantainneach a chaidh a dhearbhadh a thaobh càileachd

- a' dèanamh co-chonaltradh ri daoine san roinn, Cùram Sòisealta do dh'Inbhidh, gus tuigse fhaighinn air mar a dh'fhaodadh luchd-obrach TCC a dhol an sàs ann an co-rèiteachadh roinneil agus air mar a dh'fhaodadh 'guth' buadhach a bhith aca mar mheadhan thar ùine nas fhaide gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach ùghdarrasan ionadail agus luchd-obrach àiteachan prìobhaideach, saor-thoileach is neo-eisimeileach (PVI) air stèidh cho-ionann a thaobh pàigheadh luchd-obrach is suidheachaidhean obrach

Bidh Roinn na Gàidhlig is Albais aig Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh conaltradh gu cunbhalach ri sgioba tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne Bhòrd na Gàidhlig agus ri Sabhal Mòr Ostaig. Le sin, thathar a' dèanamh cinnteach gum bi feumalachdan sònraichte na h-earrainn Ghàidhlig dhen roinn air an toirt fa-near ann an ro-innleachdan nàiseanta. Cuideachd, thèid ìrean riochdachaidh na Gàidhlig san roinn a neartachadh ri linn mar a bhios Bile nan Cànan Albannach a' stèidheachadh Chomann nam Pàrant mar luchd co-chonaltraidh airson chùisean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig.

Chaidh grunn ghnìomhan buntainneach a chur an cèill fo mholadh 3.3.2. Nam measg tha an rannsachadh aig Bòrd na Gàidhlig air solar is seirbheisean a gheibhear ann an TCC tron Ghàidhlig agus san fharsaingeachd. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ealla ri toraidhean an rannsachaidh sin nuair a bhios iad a' dealbh nam planaichean aca airson TCC tron Ghàidhlig san àm ri teachd.

Mar a chaidh a ràdh fo 3.4.1, bidh aig ùghdarrasan foghlaim ri planaichean coileanadh airson foghlam Gàidhlig ullachadh. Sna planaichean sin, feumar fiosrachadh farsaing is iomlan a thoirt seachad air mar a bheir an t-ùghdarras foghlam Gàidhlig seachad aig gach ìre bho TCC gu foghlam adhartach is àrd-ìre. Bidh e mar phàirt riatanach de na planaichean coileanadh sin gum bi fiosrachadh annta air mar a bheirear ionmhas is trèanadh freagarrach seachad airson luchd-teagaisg Gàidhlig, a rèir nam modhan-obrach a tha a dhìth airson foghlam tron Ghàidhlig.

Tha seo mar phàirt de mar a thèid siostam nam Planaichean Gàidhlig a neartachadh san fharsaingeachd leis a' Bhile. An-dràsta, bidh buidhnean poblach a' gealltainn sna Planaichean Gàidhlig aca gun toir iad cothroman ionnsachaidh Gàidhlig seachad mar phàirt de dh'ionnsachadh Proifeiseanta Leantainneach. Leis mar a tha am Bile a' stèidheachadh Ro-innleachd Ghàidhlig bho na ministearan le stiùireadh, bun-inbhean agus riaghlaidhean, thèid na geallaidhean sin agus mar a thèid an coileanadh a neartachadh.

3.4.5 Gum bithear fhathast a' toirt taic do mheasgachadh de dh'iomairtean gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a chur air dòigh do dh'inbhidh ann an coimhearsnachdan, sna meadhanan, air-loidhne agus ann an ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do ghrunn chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhidh. Tha sin a' gabhail a-steach maoinachadh do bhuidhnean leithid Sabhal Mòr Ostaig agus seirbheisean leithid SpeakGaelic. Thathar air leudachadh

air na cothroman ionnsachaidh coimhearsnachd ri linn mar a tha ionadan mar Cnoc Soilleir ann an Uibhist a Deas agus Ionad Chaluim Chille Ìle air tighinn air adhart. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do na h-iomairtean sin agus ag obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd eile a tha airson cur ris na cothroman agus goireasan gus Gàidhlig ionnsachadh sna sgìrean ionadail aca.

Tha sinn a' togail air an taic sin ann am Bile nan Cànan Albannach. Am measg chumhachan a' Bhile tha atharrachadh air Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) 2005 gus dèanamh cinnteach gun gabhar ealla ri Gàidhlig a thaobh chothroman air foghlam adhartach is àrd-ìre, a gheibhear maoineachadh, ann an Gàidhlig agus a cultar. Tha am Bile cuideachd a' fàgail dleastanas air Ministearan na h-Alba agus Ùghdarrasan Foghlaim gus beachdachadh air mar as urrainn dhaibh foghlam Gàidhlig aig gach ìre a chur air adhart – a' gabhail a-steach foghlam do dh'inbhich agus ionnsachadh coimhearsnachd.

A thuilleadh air na gnìomhan sònraichte seo airson Gàidhlig, dh'fhaodadh teachdaireachdan a bhith san Stiùireadh Ro-innleachdail ùr do Chomhairlean, airson an ath shreath de phlanaichean 3-bliadhna airson ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, a thaobh cho cudromach 's a tha e gum bi Gàidhlig mar phàirt de na cothroman ionnsachaidh a bhios comhairlean a' tabhann do dh'inbhich.

3.4.6 Gum bu chòir foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart aig a h-uile ìre, le barrachd chothroman air an cruthachadh air tro chòmhdhail is teicneòlas, far a bheil sin freagarrach, agus bheirear aithne do na buannachdan eaconamach is foghlaim a thig bho bhith a' leudachadh is a' leasachadh solar an fhoghlaim. Gu h-àraid, bu chòir beachdachadh air mar as urrainnear còir laghail air foghlam Gàidhlig a stèidheachadh mar dhòigh a bhith cinnteach gun tèid solar a leudachadh is cothroman air a leasachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Mar thoradh air Bile nan Cànan Albannach, bidh dleastanas air ùghdarrasan foghlaim gus taic a chur ri daoine gus cothroman fhaighinn air foghlam tron Ghàidhlig. Thèid sin a choileanadh tro bhith a' toirt taic do chloinn nach fhaigh cothrom air FtG san ùghdarras ionadail aca fhèin gus fhaighinn ann an ùghdarras eile. Cuideachd, thathar a' moladh sa Bhile modhan-obrach foirmeil a stèidheachadh a dh'fheumas ùghdarrasan a chur an sàs mus urrainn dhaibh cothrom air seirbheisean còmhdhail a thoirt air falbh bho sgoilearan a tha a' dol gu FtG. Le sin, bidh na h-aon mhodhan-dìona ann airson foghlam Gàidhlig 's a gheibhear airson còmhdhail gu ionadan foghlaim creideimh. Tha an cumha seo a' stèidheachadh Chomann nam Pàrant, cho math ri Bòrd na Gàidhlig, mar bhuidheann cho-chomhairleachaidh reachdail sa phròiseas.

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, am measg nam pròiseactan mòra Gàidhlig a fhuair taic bho Riaghaltas na h-Alba sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh tha eSgoil agus SpeakGaelic – dà shàr eisimpleir de mar a ghabhas teicneòlas a chleachdadh airson ionnsachadh Gàidhlig agus iad a' toirt cothrom air air feadh Alba agus air feadh an t-saoghail. A thuilleadh air mar a shoirbhich leotha le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart, tha iad cuideachd air dearbhadh mar as urrainn do bhuanachdan farsaing sòisealta is eaconamach tighinn bho iomairtean foghlaim

Gàidhlig a chaidh a dhealbh a dh'aona-ghnothach airson adhbharan sònraichte co-cheangailte ri cor a' chànain. Gu dearbh, chunnacas fianais air sin nuair a chaidh eSgoil a chleachdadh aig ìre nàiseanta mar ghoireas ionnsachaidh air-loidhne nuair a bha an galar mòr-sgaoilte ann.

Leanaidh an taic airson nam pròiseactan seo agus thèid na prionnsapalan a tha air cùl mar a shoirbhich leotha – gu bheil leasachaidhean foghlaim Gàidhlig gu buannachd beatha muinntir na h-Alba san fharsaingeachd – a chur air adhart an lùib obair phoileasaidhean Riaghaltas na h-Alba san fharsaingeachd. Aig an àm seo, bithear a' dèanamh sin tro Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba agus a' bhuidheann bhuileachaidh air a shon. Tha Bile nan Cànan Albannach a' cur ris an obair sin agus e a' cur dleastanas air Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan foghlaim gus feart a thoirt dhan Ghàidhlig nuair a tha iad a' coileanadh nan uallaichean aca.

3.4.7 Gus tòiseachadh air leasachadh a thoirt air na thathar a' tairgse airson foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, bu chòir ùghdarrasan ionadail co-chomhairleachadh a dhèanamh air na cothroman a th' ann cuid a dh'àrd-sgoiltean a chomharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig a b' urrainn dearbhadh, tro aithrisean bliadhnail, gu bheil amasan soilleir aca airson solar Gàidhlig a leasachadh aig ìre àrd-sgoile, fiù 's ma tha dùbhlain ann sa gheàrr-ùine.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo gu ìre.

Thathar a' gabhail ris gur iad sgoiltean Gàidhlig fa leth an dòigh as fheàrr foghlam bogaidh a thoirt seachad. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' nochdadh taic do dh'ùghdarrasan foghlaim, pàrantan clann sgoile agus buidhnean leithid Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant fhad 's a bhios iad ag obair gus leithid a sgoiltean a stèidheachadh. Bidh mar a dh'fheumas ùghdarrasan foghlaim planaichean coileanadh airson foghlam Gàidhlig ullachadh a' toirt cothrom dhaibh mineachadh ciamar a choileanas iad am moladh seo.

Tha cumhachan a bharrachd ann am Bile nan Cànan Albannach a bheir taic dhan amas seo. Mar eisimpleir, tha e a' toirt atharrachadh air Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus e a' fàgail dleastanas air ùghdarrasan foghlaim gus sgìrean sgoile a stèidheachadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. A thaobh sgoiltean le foghlam tron Ghàidhlig agus tron Bheurla, 's urrainnear sgìre sgoile fa leth a stèidheachadh airson an aonaid Ghàidhlig.

3.4.8 Gum bu chòir measgachadh de Phreantasachdan Bun-ìre tro mheadhan na Gàidhlig a bhith ri fhaighinn ann an ÀS5-6 do sgoilearan a tha airson dreuchdan a thoirt a-mach anns na tràth-bhliadhnaichean is cùram-sòisealta, sna gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh is deochan is an àrainneachd nàdarra far am biodh e na bhuannachd Gàidhlig a chleachdadh no far am bite a' brosnachadh adhartachadh a' chànain.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

An-dràsta tha Sabhal Mòr Ostaig a' tairgsinn Phreantasachdan Bun-ìre tron Ghàidhlig airson na tràth-bhliadhnaichean is cùram sòisealta agus na meadhanan cruthachail is didseatach. Am measg amasan ro-innleachdail UHI a Tuath, an Iar

agus Innse Gall (ionad foghlaim com-pàirteach ùr), tha gun tèid leudachadh a thoirt air an taghadh de chùrsaichean a tha iad a' libhrigeadh tron Ghàidhlig agus gun tèid ceanglaichean eadar Gàidhlig is comasan cosnaidh a neartachadh. Leis an amas mu dheireadh sin, an toiseach bithear ag amas air cùram slàinte, sòisealta agus chloinne agus turasachd. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do na buidhnean seo fhad 's a bhios iad a' dealbh is a' leasachadh nan cùrsaichean sin agus tha sinn a' toirt fa-near dha mar a ghabhas an cleachdadh mar stiùir airson tuilleadh leudachaidh a dhèanamh air an àireimh de Phreantasachdan Bun-ìre a gheibhear sa Ghàidhlig.

Tha an riatanas ann am Bile nan Cànan Albannach far am feum ùghdarrasan foghlaim planaichean coileanadh ullachadh airson foghlam Gàidhlig a' gabhail a-steach ionnsachadh Gàidhlig ann am foghlam adhartach is àrd-ìre. Bidh na Preantasachdan Bun-ìre sna roinnean ainmichte sa mholadh seo am measg nan nithean co-cheangailte ri cothroman ionnsachaidh Gàidhlig air am bu chòir ùghdarrasan foghlaim feart a thoirt nuair a bhios iad ag ullachadh phlanaichean coileanadh. Cuideachd, beachdaichidh Buidheann Leasachaidh nam Preantasachdan Bun-ìre, a chaidh a stèidheachadh gus leasachaidhean a dhèanamh air Preantasachdan Bun-ìre, air molaidhean na h-aithisge.

3.4.9 Gum bi teagasg na Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh riatanach airson a h-uile sgoilear ÀS1-3 ann an àrd-sgoiltean anns na h-Eileanan Siar, san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse, Loch Abar, Tiriodh is Ìle agus gum bi cothrom ann dhaibhsan a tha airson teisteanas fhaighinn ann an ÀS4-6. Dh'fhaodadh seo a bhith air a chur an gnìomh cuideachd ann an àitichean eile far a bheil sgoilearan FTMG a' dol a-steach a dh'àrd-sgoiltean, mar eisimpleir Inbhir Nis, Glaschu agus Dùn Èideann.

Thug Riaghaltas na h-Alba fa-near dhan mholadh seo.

Bidh ùghdarrasan ionadail a' dèanamh co-dhùnadh iad fhèin air susbaint curraicealaman nan sgoiltean aca. 'S urrainn do Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba na tha iad a' sùileachadh san fharsaingeachd bho churraicealaman a chur an cèill. Ann an Comhairle Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig thathar a' cur an cèill na thathar a' sùileachadh a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an-dràsta. Leis a' chumha ann am Bile nan Cànan Albannach gus bun-inbhean a stèidheachadh a thaobh Foghlam Gàidhlig, bidh dòigh ann na diofar ìrean de sholar foghlaim a thathar a' sùileachadh a chur an cèill.

Tha Comhairle Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig a' buntainn ris a h-uile roinn de dh'Fhoghlam na Gàidhlig ann an Alba. Tha a' Chomhairle air Foghlam Gàidhlig mar phàirt de dh'fhrèam farsaing de sgrìobhainnean a tha a' cur taic ri Curraicealam na h-Alba. Ann an A' Cruthachadh a' Churraicealaim 3, thathar ga dhèanamh soilleir dè na còraichean foghlaim a th' aig a h-uile neach òg ann am foghlam 3-18. Gu h-àraidh, mar a tha a' chòir aca air foghlam aonaichte, air taic phearsanta, agus air foghlam aig àrd-ìre na h-àrd-sgoile far an urrainn dhaibh cumail orra a' cur ris na ceithir comasan is teisteanasan a thoirt a-mach agus far am bithear a' sìor chur cuideam air litearrachd.

Sa Chomhairle air Foghlam Gàidhlig thathar a' dèanamh eadar-dhealachadh soilleir eadar clann agus daoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLG). Tha a' chòir aig a h-uile pàiste is duine òg ann an Alba air cànanan eile ionnsachadh gu deireadh ÀS3, agus sin a' togail air a' phoileasaidh 1+2 Chànan, agus faodaidh na cànanan sin a bhith a' gabhail a-steach Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar C2 no C3 do sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

Ni Riaghaltas na h-Alba co-chonaltradh ri ùghdarrasan ionadail tro COSLA agus Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba (CSFA) gus tuigse fhaighinn air co-theacsa a' mholaidh seo agus gus dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil taic nàiseanta a dhìth airson a choileanadh. Bidh Foghlam Alba na prìomh bhuidheann airson curraicealam FTMG, agus iad a' cur cuideam as ùr air leasachadh a' churraicealaim.

Tha cumhachdan ann am Bile nan Cànan Albannach gus bun-inbhean a stèidheachadh airson Foghlam Gàidhlig ann an Alba. Leis na bun-inbhean sin dh'fhaodar mìneachadh a dhèanamh air na h-ìrean gu bheilear an dùil a bheir ùghdarrasan ionadail foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig seachad. Chithear eisimpleirean de bhun-inbhean ann am freagairt Riaghaltas na h-Alba do dh'Aithisg Ìre 1 aig Comataidh an Fhoghlaim, na Cloinne is nan Daoine Òga air a' Bhile.

3.4.10 Gum bu chòir sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air *an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig* agus an inbhe aige a chur air adhart gu farsaing ann am foghlam na h-Alba le measgachadh de mhodhan-obrach gan cur an sàs, tro phoileasaidhean, aithrisean bliadhnail is luchd-sgrùdaidh sgoiltean, gus dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail is luchd-poileasaidh foghlaim a' cumail gu dlùth ris na prionnsapalan aige.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Bidh an cumhachd a bhios Bile nan Cànan Albannach a' stèidheachadh do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh ullachadh airson foghlam Gàidhlig a' dol an àite a' chumhachd a th' aig Bòrd na Gàidhlig airson sin an-dràsta. Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' beachdachadh air ùrachadh a dhèanamh air an stiùireadh a th' ann an-dràsta airson greis. Nuair a thèid am bile a chur an gnìomh, thèid an cumhachd gus stiùireadh fhoillseachadh ath-bhuileachadh agus mar thoradh air sin thèid an stiùireadh ùrachadh agus thèid cur ri inbhe an stiùiridh seach gur ann bho Mhinistearan na h-Alba a thig e seach Buidheann Phoblach Neo-roinneil, a tha ga fhoillseachadh an-dràsta. Thèid a chur air adhart air feadh foghlam na h-Alba seach gum bi e mar dhleastanas air Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan foghlaim feart a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig nuair a tha iad a' coileanadh nan uallaichean obrach aca. Bidh e air a bharantachadh gun cumar ri prionnsapalan an stiùiridh air sàillibh a' chumhachd sa Bhile a bhios aig Ministearan na h-Alba gus àithntean a thoirt seachad mura coilean ùghdarras ionadail na dleastanasan aca a thaobh a bhith a' toirt foghlam Gàidhlig seachad.

Bidh planaichean coileanaidh, a dh'fheumas ùghdarrasan foghlaim ullachadh mar phàirt dhen phlana Ghàidhlig aca, nam meadhan gus sùil a chumail air mar a chumas ùghdarrasan ris an stiùireadh reachdail. Nuair a bhios Bòrd na Gàidhlig a'

sgrùdadh mar a thèid planaichean Gàidhlig a chur an gnìomh san fharsaingeachd, bidh iad cuideachd a' dèanamh aithris air ìrean coileanaidh airson foghlam Gàidhlig a bhios air an cur an cèill ann am plana coileanaidh an ùghdarras.

3.4.11 Gun tèid curraicealam Gàidhlig a dhealbhadh nach eil dìreach na eadar-theangachadh den churraicealam Bheurla. An lùib seo bidh leantainneachd ann an togail cànan, ionnsachadh mu eachdraidh na h-Alba, beartas cultar na Gàidhlig is dòighean-smaoineachaidh sònraichte ceangailte ris a' Ghàidhlig, mar an dàimh is dleastanas a thaobh na h-àrainneachd a tha an lùib dùthchas. Dh'fhaodadh gu bheil e comasach ceangal a dhèanamh eadar seo is 3.5.5.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Bidh Gàidhlig (Litearrachd) agus curraicealam na Gàidhlig mar phàirt de Chuairt Leasachaidh a' Churraicealaim (CLC) agus mar sin bidh CLC na phrìomh mheadhan gus am moladh seo a thoirt air adhart.

Ann an Comhairle Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig thathar a' toirt mìneachadh air foghlam bogaidh, agus e mar phàirt dhen Churraicealam airson Sàr-mhathais, agus tha bogadh a' gabhail a-steach a bhith a' togail cànan sòisealta agus a bhith a' sior thogail a' chànan. Cuideachd thathar a' toirt comhairle seachad air cothroman do chloinn is daoine òga gus cur ris an tuigse is eòlas a th' aca air cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt de dh'aithne-dùthcha na h-Alba. Faodaidh luchd-compàirt agus buidhnean Gàidhlig, tro bhith ag obair le sgoiltean, cur ris an eòlas agus na builean a gheibhear do chloinn is daoine òga ann am Foghlam Gàidhlig agus iad a' cur taic ri curraicealam stèidhichte air cùisean ionadail agus cultar na Gàidhlig, curraicealam a dh'fhaodadh a bhith a' coimhead air cuspairean leithid dùthchas.

Fo Achd Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste (Co-cheangal) (Alba), tha dleastanas ann gus na taobhan seo de chultar na Gàidhlig a dhèanamh follaiseach. Tha Alt 30 a' stèidheachadh chòraichean sònraichte do chloinn ann am mion-chuibhreannan dhen t-sluagh, leithid mion-shluagh cànan. “Ged a tha tòrr de na chithear ann an Alt 30 fillte ann an Uillt eile de UNCRC, tha e ann gus a dhèanamh soilleir nach bu chòir do dhaoine, a bhios a' beachdachadh air mar a chuireas iad an Cùmhnant an sàs, dearmad a dhèanamh air còraichean cloinne is dhaoine òga.” – Coimiseanair na Cloinne is nan Daoine Òga – Alba.

Mar a chithear ann an àiteachan eile, bheir cumhachan ann am Bile nan Cànan Albannach – co-cheangailte ri ìrean coileanaidh co-fhreagarrach agus planadh coileanaidh ann am foghlam Gàidhlig – piseach air an ìre de thaic a gheibh Gàidhlig ann an siostam nan sgoiltean. Bidh a bhith a' cruthachadh curraicealam na Gàidhlig – le barrachd chuspairean air an tairgsinn tron Ghàidhlig, agus barrachd stuthan air an cruthachadh ann an Gàidhlig bho thùs – mar phàirt de sin. Bidh Foghlam Alba na prìomh bhuidheann airson curraicealam airson FTMG – mar phàirt de dh'iomairt nas fharsainge gus piseach a thoirt air curraicealaman.

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba orra a' toirt taic do luchd-ùidhe leithid Stòrlann, Acair agus Comhairle nan Leabhraichean agus iad ag ullachadh leabhraichean Gàidhlig agus a' cruthachadh ghoireasan foghlaim eile.

Le siostam nam Planaichean Gàidhlig tha dòigh eile ann gus am moladh seo a thoirt gu buil. Nuair a bhithear a' roghnachadh stuthan airson an eadar-theangachadh, faodar prìomhachas a chur air feadhainn a tha freagarrach airson Sgoiltean Gàidhlig – mar eisimpleir, airson an cleachdadh ann an curraicealam an nuadh-eòlais.

Prìomh Roinnean

3.5.1 Fhad 's a tha sinn ag aithneachadh nan cothroman le Prògram nan Àiteachan Com-pàirteach aig Alba Chruthachail, bu chòir gun tèid Ro-innleachd Ealain na Gàidhlig nàiseanta ullachadh a tha a' mìneachadh dhòighean airson a bhith a' toirt taic is a' cur ris na cothroman eaconamach a th' ann dhaibhsan a tha ag obair anns na gnìomhachasan ealain is sgrìn agus a tha a' cleachdadh Gàidhlig mar mheadhan libhrigidh no nuair a tha Gàidhlig ceangailte ris an t-seòrsa ealain aca.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Mar a chithear san fhreagairt, le Bile nan Cànan Albannach thathar ag amas air Ro-innleachd na Gàidhlig ullachadh a thèid an àite an riatanais a th' ann an-dràsta gu Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh. Leis an ro-innleachd, a bhios air a h-ullachadh le Ministearan na h-Alba an àite BPNR, gheibhear sealladh nas iomlaine air mar a dh'fheumar taic a chur ri Gàidhlig ann an saoghal poblach na h-Alba. Mar a bhite an dùil, bidh na h-ealain mar phàirt de seo. Le bhith ag obair a dh'ionnsaigh cheann-uidhe ro-innleachdail às leth na Gàidhlig ann an roinnean nan ealain is a' chultair, bidh Ro-innleachdan na Gàidhlig a' togail air na chaidh a choileanadh mu thràth le Planaichean Gàidhlig a dh'ullaich buidhnean poblach leithid Alba Chruthachail, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Bidh an t-eòlas is tuigse a th' aig buidhnean leithid MG ALBA agus companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach fìor chudromach cuideachd.

Chunnacas ann am freagairtean sa cho-chomhairleachadh air a' Bhile gum bu chòir leasachaidhean ealain a bhith mar phàirt nas motha de phlanadh airson na Gàidhlig. Thathar an dùil gun dèan na cumhachan a thig leis a' Bhile cinnteach gun tachair sin.

3.5.2 Mar aithne air cho cudromach 's a tha craoladh is na meadhanan didseatach gu h-eaconamach, gu sòisealta is a thaobh foghlaim, bu chòir maoineachadh a bharrachd a bhith ann dha MG ALBA, is daoine eile, gus an urrainn dhaibh measgachadh de phrògraman ùra a chruthachadh, le barrachd dhiubh air an dèanamh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, airson an craoladh air telebhisean, rèidio agus air seirbheisean didseatach le poileasaidh cànanain làidir a nì cinnteach gun tèid barrachd Gàidhlig a chleachdadh le fo-thiotalan mar roghainn.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo gu ìre.

Ged as e roinn ghlèidhte a th' ann an craoladh, tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a' moladh do Rìoghachd na RA gum feum iad beachdachadh air an taic a tha iad a' toirt do mhion-chànanan dùthchasach an-dràsta agus air a' cheist, a bheil iad a' toirt taic seachad agus a' maoineachadh sheirbheisean ann an dòigh cho-ionann. Tha sinn air a dhèanamh soilleir gu bheil sinn dhen bheachd gu bheil craoladh mion-chànain cudromach agus gum feumar an t-àite cudromach a th' aige ann a bhith a' cur ri fàs ann an coimhearsnachdan is san eaconamaidh, gu h-àraidh ann an sgìrean dùthchail, a dhìon is a leasachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' cur taic leantainneach ri gnìomhachas craolaidh na Gàidhlig a tha air leth soirbheachail, agus sinn a' toirt £12.8m do MG ALBA gach bliadhna. Tha Riaghaltas na h-Alba dhen bheachd gum bu chòir uallaichean airson phoileasaidhean craolaidh

a bhith air an tiomnadh do dh'Alba airson dèanamh cinnteach gun gabh co-dhùnaidhean freagarrach a dhèanamh a tha a' gabhail ealla ris na feumalachdan sònraichte a th' aig luchd-amais is na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ri sgilean agus foghlam, agus ag obair gu dlùth còmhla ri Sgrìn Alba gus taic a thoirt do phrògraman air feadh na roinne agus ann an raointean foghlaim foirmeil agus neo-foirmeil. Cumaidh Sgrìn Alba orra ag obair le riochdachaidhean film is TBh airson dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann an lùib phròiseactan do dhaoine ùra pàirt a ghabhail annta air beulaibh is air cùlaibh a' chamara, agus gum bi cothroman ann dhan luchd-obrach a th' ann mu thràth na sgilean aca a leasachadh. Bidh sinn a' brosnachadh co-chonaltradh le BBC ALBA agus Sgrìn Alba gus raointean a chomharrachadh far an gabh trèanadh a thoirt seachad airson cur ri cothroman trèanaidh agus cothroman co-chonaltraidh Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' cur taic leantainneach ri MG ALBA leis na h-oidhirpean aca gus cur ris an aithne a th' ann airson craoladh is meadhanan didseatach na Gàidhlig. Leanaidh an taic sin.

3.5.3 Gum bu chòir leantainn leis a' chom-pàirteachas a stèidhich VisitScotland gus taic a thoirt do thurasachd Ghàidhlig le farsaingeachd mhòr de bhuidhnean ag obair gus piseach a thoirt air na cothroman a th' ann do luchd-tadhail eòlas a chur air a' Ghàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Dh'fhoillsich VisitScotland Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig aca sa Ghearran 2024. San ro-innleachd sin thathar a' dèanamh follaiseach cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig ann a bhith a' tarraing luchd-tadhail bho dhùthchannan eile a dh'Alba. Tha e na amas dhan ro-innleachd gum bi e comasach do roinn na turasachd ann an Alba Gàidhlig fhighhe a-steach dha na bhios iad a' tabhann do luchd-turais. Fhad 's a bhios VisitScotland a' cur na ro-innleachd sin an gnìomh bidh iad cuideachd a' cumail orra a' toirt stiùir dhan obair a thaobh turasachd an lùib na h-iomairt Adhartas nas Luaithe.

A thuilleadh air an ro-innleachd, tha VisitScotland cuideachd a' conaltradh ri buidhnean turasachd sa Chuimrigh, ann an Èirinn agus ann an Sealan Nuadh gus eòlas a cho-phàirteachadh air an obair a thathar a' dèanamh a thaobh chànanan is chultaran dùthchasach.

Thèid dèiligeadh ri aon uireasbhaidh, sin mar a tha cion dàta ann air an luach a bhios Gàidhlig a' cur ri eaconamaidh an luchd-tadhail. Tha sin gu h-àraidh fìor aig ìre nàiseanta. Tha e na amas cur ris an tuigse a th' againn air cùisean aig ìre nàiseanta agus roinneil, gus am bi tuigse aig gnìomhachas na turasachd air an luach a gheibhear bhon Ghàidhlig agus a dh'fhaodar fhaighinn san àm ri teachd. Nithear seo ann an dòigh a tha mothachail air feumalachdan a' chànanain – gus nach bithear ri gnìomhan gun bhrìgh.

3.5.4 Gum bu chòir measgachadh de chothroman trànaidh gnìomhachais a chruthachadh airson gun urrainn do dhaoine a dhol a dh'obair 's na meadhanan, chun na h-ìre as motha as urrainnear tro mheadhan na Gàidhlig, gus barrachd chothroman fastaidh a chruthachadh, cur ri cleachdadh na Gàidhlig is gus sgilean ionnsachadh do dhaoine a thèid a chur an sàs ann an iomadh dreuchd.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha mar a shoirbhich leis an Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre sna Meadhanan Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig agus iomairtean leithid FilmG a' dearbhadh cho feumail 's tha cothroman trànaidh sna meadhanan do luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha mar a leudaich BBC ALBA air an àireimh de shlighean dreuchdail sna meadhanan Gàidhlig thar a' ghinealaich mu dheireadh air cur ri brìgh is buaidh saoghal poblach na h-Alba san fharsaingeachd. Bidh MG ALBA agus companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach a' cur gu mòr ris an eaconamaidh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ri sgilean agus foghlam, agus ag obair gu dlùth còmhla ri Sgrìn Alba gus taic a thoirt do phrògraman air feadh na roinne agus ann an raointean foghlaim foirmeil agus neo-foirmeil. Cumaidh Sgrìn Alba orra ag obair le riochdachaidhean film is TBh airson dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann an lùib phròiseactan do dhaoine ùra pàirt a ghabhail annta air beulaibh is air cùlaibh a' chamara, agus gum bi cothroman ann dhan luchd-obrach a th' ann mu thràth na sgilean aca a leasachadh. Bidh sinn a' brosnachadh co-chonaltradh le BBC ALBA agus Sgrìn Alba gus raointean a chomharrachadh far an gabh tràanadh a thoirt seachad airson cur ri cothroman trànaidh agus cothroman co-chonaltraidh Gàidhlig.

Obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri MG ALBA agus na buidhnean eile a tha ainmichte gus am moladh seo a thoirt air adhart.

3.5.5 A' leantainn air na chaidh iarraidh san aithisg *Ecosystem Services and Gaelic* a dh'fhoillsich NàdarAlba ann an 2021, gun tèid rannsachadh a bharrachd a dhèanamh air an àite aig cànan is cultar na Gàidhlig, is an ceangal aca ri tìr na Gàidhealtachd, ann a bhith a' brosnachadh fèin-urram, slàinte is math dhaoine le sùil ri piseach a thoirt air eòlas, cothroman is a bhith a' cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach a bhuineas ris an àrainneachd nàdarach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris a' mholadh seo.

Tha a bhith a' leudachadh air ionnsachadh a-muigh agus ionnsachadh stèidhichte air an tìr am measg phrìomhachasan Riaghaltas na h-Alba.

'S fhada bho thòisich luchd-cànanachais a bhith a' toirt seachad adhbharan eag-eòlach airson ath-bheothachadh a thoirt air mion-chànanan. Ann an Alba, tha daoine a' sìor fhàs nas mothachail air mar as urrainn do dh'eòlas eag-eòlach Gàidhlig cuideachadh le bhith a' dealbh phoileasaidhean – agus am measg nan raointean san dèan sin am feum as motha tha an iomairt gus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha dà eisimpleir shònraichte ann a chunnacas o chionn ghoirid. 'S e a' chiad tè, am pròiseact [Coilltean Cailte](#) aig NàdarAlba agus Ainmean-Àite na h-Alba. Le Coilltean

Cailte, chaidh eòlas air ainmean-àite Gàidhlig a chleachdadh gus coilltean eachdraidheil na h-Alba [a shealltainn](#) – agus tha am pròiseact a’ comharrachadh làraich a dh’fhaodadh a bhith freagarrach airson ath-choillteachadh. Seo fianais shoilleir air mar a ghabhas na ceanglaichean eachdraidheil aig a’ Ghàidhlig ri tìr na h-Alba a chleachdadh gus cuideachadh le bhith a’ coileanadh ceann-uidhe poileasaidh cudromach. 'S e an dàrna eisimpleir, a’ Cho-labhairt Ghàidhlig aig Gnàth-shìde Innse Gall aig Cnoc Soilleir san t-Samhain 2023, a fhuair taic bhon Aonad airson Eadar-ghluasad Cothromach aig Riaghaltas na h-Alba. Aig an tachartas seo, bha dà amas aca: fòram gu tur sa Ghàidhlig a chur air dòigh gus bruidhinn air poileasaidhean an riaghaltais co-cheangailte ri Eadar-ghluasad Cothromach agus eòlas ionadail air a’ ghnàth-shìde a chruinneachadh airson cuideachadh le bhith a’ dealbh nam poileasaidhean sin.

Thèid togail air na modailean seo, far a bheil cothroman ag èirigh a thaobh chùisean sòisealta is eaconamach – agus phoileasaidhean – bho eòlas air a’ Ghàidhlig agus bho na ceanglaichean aig a’ chànan ris an t-saoghal nàdarra. Sa chiad dol-a-mach, nì Riaghaltas na h-Alba seo tro ar Plana Gàidhlig fhèin is ar Buidheann Bhuileachaidh Ghàidhlig. Leis a’ chuideam a bhios Ro-innleachd na Gàidhlig a’ cur air a’ Ghàidhlig mar nì feumail thar gach raon poileasaidh, thèid seo a choileanadh air feadh roinn phoblach na h-Alba.

3.5.6 A thuilleadh air na molaidhean sònraichte ann an 3.5.1-3.5.5, gum bu chòir cothroman eaconamach a neartachadh tro bhith ag àrdachadh na taice a th’ ann do bhuidhnean is companaidhean Gàidhlig is Gàidheil fa leth a tha ag obair thairis na prìomh roinnean gu lèir gus solar a leudachadh, barrachd dhaoine fhastadh is coimhearsnachdan a neartachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a’ gabhail ris a’ mholadh seo.

Còmhla ris na buidhnean eile a tha ainmichte mu choinneimh a’ mholaidh seo, obraichidh sinn gus barrachd taice a thoirt do bhuidhnean is companaidhean Gàidhlig agus do luchd na Gàidhlig. Tha tòrr dhiubh seo air cuideachadh le bhith a’ dealbh Bile nan Cànan Albannach – tro fhreagairtean dhan cho-chomhairleachadh agus còmhraidhean leantainneach le oifigich Riaghaltas na h-Alba. 'S e amas farsaing a’ Bhile leudachadh air an taic a th’ ann dhan Ghàidhlig agus do a luchd-ùidhe air feadh saoghal poblach na h-Alba. Sna freagairtean do na molaidhean gu h-àrd tha fios air na cumhachan sa Bhile a bheir an t-amas seo gu buil. Le Ro-innleachd na Gàidhlig bho mhinistearan, bithear a’ stèidheachadh sealladh as ùr agus nas fharsainge air an àite a th’ aig a’ Ghàidhlig air feadh saoghal poblach na h-Alba. Le cuideam ga chur air ìrean coileanaidh co-fhreagarrach, bidh aig buidhnean poblach ri beachdachadh air an ìre gun gabh taic a thoirt dhan chànan san obair aca. Le Sgìrean Cànan Sònraichte, 's urrainnear bunaithean choimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba a neartachadh.

Tha lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE) air tionndadh ùr dhen Phlana Ghàidhlig aca fhoillseachadh o chionn ghoirid, sa bheil geallaidhean gum bi IGE a’ tabhann chothroman follaiseach air seirbheisean Gàidhlig, a’ toirt an aon spèis dhan Ghàidhlig 's tha iad dhan Bheurla agus gun cleachdar Gàidhlig mar nì àbhaisteach nan obair. Tha iad airson gum bithear a’ cleachdadh na Gàidhlig mar nì gnàthach an lùib gach rud a nì iad. Tha IGE cuideachd ag ùrachadh nan siostaman aca gus

pireach a thoirt air aithrisean air taic do choimhearsnachdan Gàidhlig, le dùil gun tèid aca air aithrisean ullachadh taobh a-staigh 1-2 bhliadhna.



© Còraichean a' Chrùin 2024

OGL

Tha an sgrìobhainn seo ga foillseachadh fo chumhachan Chead Riaghaltais Fosgailte v3.0 ach a-mhàin nuair a chanar a chaochladh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhlaibh air nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobhaibh chun an Sgioba airson Phoileasaidhean Fiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d thuca: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Ma tha sinn air fiosrachadh a chomharrachadh fo chòraichean chuideigin eile, feumaidh sibh cead fhaighinn bhuapasan gus am fiosrachadh sin a chleachdadh.

Gheibh sibh an sgrìobhainn seo aig www.gov.scot

Ma tha ceistean agaibh mun sgrìobhainn seo, bu chòir dhuibh an cur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh an Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83601-980-0 (eadar-lion a-mhàin)

Air a foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An t-Samhain 2024.

Air ullachadh do Riaghaltas na h-Alba leis a' Bhuidhinn APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1524710 (11/24)

W W W . g o v . s c o t

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là:	12 Dùbhlachd 2024
Tìotal:	Conaltradh le luchd-uidh
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	2.2
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

1.1. Tha am pàipear seo a' soilleireachadh an raon fharsaing de chonaltradh air feadh na buidhne a' sealltainn cho cudromach sa tha com-pàirteachasan agus conaltradh dhuinn.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

2.1. Leis a' Phlana Chorporra a-nis air aontachadh, tha e soilleir gum bi conaltradh aig cridhe a libhrigeadh. Tha an Ro-innleachd Conaltraidh (taobh a-muigh) a' mìneachadh ar prìomhachasan airson conaltradh agus a' mìneachadh nam prìomh dhòighean a chleachdas sinn gus ar n-amasan a libhrigeadh.

2.2. Bithear a' dèanamh raon farsaing de chonaltradh air feadh na buidhne, agus tha oifigearan a' conaltradh ri grunn bhuidhnean agus dhaoine fa leth fhad 's a tha iad a' feuchainn ri amasan a' Phlana Chorporra a choileanadh.

2.3. Com-pàirteachadh leis a' Mhinistear

Mar a dh'iarr am Bòrd, sgrìobh an Cathraiche chun an Leas Phrìomh Mhinistear air 26 Dàmhair a' mìneachadh an fheum air deasbad mu sgeama Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig. Fhuaras freagairt a' moladh gum bu chòir seo a dheasbad aig a' choinneimh 6-mìosail air 11 Dùbhlachd. Thèid fiosrachadh às ùr beòil a thoirt seachad aig a' choinneimh.

2.4. Com-pàirteachadh Sgioba Gàidhlig & Albais

Bidh an Ceannard agus an Sgioba stiùiridh ann an conaltradh gu cunbhalach leis an sgioba Gàidhlig & Albais.

Chaidh prìomh fhiosrachadh ionmhais a sholarachadh gus cuideachadh le pròiseas a' bhuidseit, a' gabhail a-steach toraidhean aig Coimisean Fiosrachaidh mu Chaiteachas Buidhnean Poblach, fiosrachadh mu mhaoineachadh tabhartas le buidhnean poblach agus ro-mheasaidhean NIC.

Chaidh còmhraidhean agus co-roinn fiosrachaidh a chumail cuideachd a thaobh Bile nan Cànanan Albannach, Sgeama Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig, conaltradh coimhearsnachd agus planadh is leasachadh buidhnean.

2.5. Com-pàirteachadh poilitigeach

Tha conaltradh dìreach air a bhith ann le Araine Burgess BPA agus Rhoda Ghrannnd BPA a thaobh Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig.

Choinnich an Cathraiche is Ceannard ri Stephen Flynn BP agus bheachdaich e air mar a b' urrainn dha taic a thoirt don Ghàidhlig na dhreuchd mar BhP agus mar cheannard air buidheann an SNP aig Westminster.

Tha conaltradh air a bhith ann le oifis Alasdair Allan BPA air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus a' choimhearsnachd.

Bha ceangal ann le oifis Ceit Fhoirbeis BPA a thaobh Ionad Thròndairnis san sgìre-phàrlamaid aice.

Tha conaltradh air a bhith ann le oifis Torcuil Crichton BP.

2.6. Conaltradh le luchd-ùidh

Bidh oifigearan air feadh na buidhne a' conaltradh gu cunbhalach leis na prìomh bhuidhnean libhrigidh againn. Bidh an sgioba phlanaichean againn gu cunbhalach a' conaltradh ri buidhnean mu na planaichean Gàidhlig aca. A bharrachd air seo tha an sgioba stiùiridh air grunn choinneamhan a fhrithealadh le buidhnean. Tha liosta nan coinneamhan agus nan cuspairean conaltraidh a' nochdadh an raon fharsaing de dh'obair agus de chom-pàirteachas anns a bheil Bòrd na Gàidhlig an sàs.

British Council (Scotland)	Cànan
Buidheann Obrach air Acadamaidh Ghàidhlig	BOAG
Buidheann Stiùiridh Iar thuath Leòdhais	Plana Gàidhlig Coimhearsnachd
Buidheann Stiùiridh Ro-innleachd Òigridh	
Ceòlas	Plana Gàidhlig Coimhearsnachd
Children in Scotland	Cloinne is dhaoine òga
Comhairle na Eilean Siar	Leasachadh coimhearsnachd Foghlam
Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	Foghlam
Coinneamh thar-phàrtaidh	Leasachaidhean Gàidhlig
FROP	Buidheann obrach
LANGS Network	Lìonra chànanan
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba	Plana Gàidhlig
HIE	Eaconamaidh & coimhearsnachd
HIREP	Eaconamaidh
HMIE	Tachartasan

MG ALBA	SpeakGaelic
Mind of My Own	Aplacaidean foghlaim
Public Bodies Director of Finance Forum	Ionmhas san roinn phoblaich
Public & Commercial Services Union	Aonadh-ciùird
Riaghaltas na h-Alba	
Children and Families Wellbeing Unit	
Buidheann-stiùiridh Ath-leasachadh Foghlaim	
Sabhal Mòr Ostaig	Speak Gaelic
Scottish Book Trust	Bookbug
UHI NWH	Plana Gàidhlig
UHI	Gàidhlig & Bile nan Cànan Albannach
UNCRC	Coinneamh lìonra taic

2.7. Conaltradh leis na meadhanan

Tha sinn air conaltradh a dhèanamh leis na buidhnean meadhanan a leanas, a' toirt seachad agallamhan, beachdan agus fiosrachadh air sgeulachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig:

An Herald: Artaigil air Gàidhlig na h-Alba & FMG

BBC Naidheachdan: Maoineachadh Gàidhlig

BBC An Là: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Welovestornoway: Coimhearsnachd

Tha sinn air raon de luachan a sholarachadh dha na prìomh bhuidhnean libhrigidh againn a' nochdadh dleastanas com-pàirteachais Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith libhrigeadh an cuid obrach.

2.8. Na meadhanan sòisealta & Làrach-lìn.

Tha Bòrd na Gàidhlig an-còmhnaidh gnìomhach air Facebook, Twitter, Instagram agus LinkedIn. Is e na h-ìrean luchd-leantainn againn an-dràsta:

Instagram: 3162 Facebook: 6238 X: 7184 LinkedIn: 631

Tha sinn an-dràsta a' measadh ar n-àrd-ùrlaran agus ag ath-sgrùdadh mar a bhios sinn gan cleachdadh san àm ri teachd. Tha cothrom ann àireamhan luchd-leantainn a leasachadh, agus bidh sinn a' cumail sùil nas mionaidiche air conaltradh.

Tha atharrachadh ann an cleachdadh X, agus Bòrd na Gàidhlig fo bhuaidh lùghdachadh luchd-leantainn an àrd-ùrlair. Tha sinn air cunntas fhosgladh air Bluesky ach feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan againn gu coinneachadh ri feumalachdan an àrd-ùrlair.

Tha sinn a' dèanamh lèirmheas teicnigeach agus susbaint air an làrach-lìn againn.

3. Moladh

3.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Chan eil
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Bidh feuman trèanaidh ann gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean riatanach aig ar luchd-obrach gus an ro-innleachd a lìbhrigeadh.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha seo a' cur ri adhartachadh agus lìbhrigeadh a' phlana chorporra agus an ro-innleachd conaltraidh bhon taobh a-muigh
- 4.5. Buidhean air Cliù: Togaidh seo cliù na buidhne le barrachd mothachaidh air a' bhuidhinn agus an obair a bhios sinn a' dèanamh.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil
- 4.7. Buidhean Laghail: Chan eil
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>		
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Eadar-nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>		
